



Co-ro-innleachd airson Obair Phoilis (2020)

Poileas ag obair a dh'ionnsaigh Alba
a tha sàbhailte, dìonta agus foghainteach



POLICE
SCOTLAND
Keeping people safe
POILEAS ALBA

SCOTTISH POLICE
AUTHORITY

Tha dreuchdan agus dleastanasan Poileas Alba agus Ùghdarras Poilis na h-Alba (an t-Ùghdarras) a thaobh dealbhadh ro-innleachdail air am mìneachadh ann an Achd Ath-leasachadh Poilis is Smàlaidh (Alba) 2012 aig Earrannan 34 agus 35.

Fon Achd, tha e an urra ris an Ùghdarras Plana Poilis Ro-innleachdail a thoirt gu buil agus, a' togail air an dòigh-obrach a chaidh a chleachdadh anns a' chiad ro-innleachd fad-ùine airson obair phoilis, A' frithealadh Alba a tha ag Atharrachadh, chaidh seo a dhèanamh còmhla ri Poileas Alba.

Tha co-thaobhadh stiùireadh ro-innleachdail, agus prìomhachasan airson obair phoilis, dealbhadh agus measadh coileanaidh air a mhìneachadh sa Phlana seo.

Feumaidh an co-ro-innleachd seo airson obair phoilis na h-Alba cead ministreil mus tèid fhoillseachadh agus a chur fa chomhair na Pàrlamaid.

Clàr-innse

Facal-toisich	5
Ro-ràdh	7
Luachan, Adhbhar agus Lèirsinn	10
Prìomhachasan Poilis Ro-innleachdail	12
Measadh Ro-innleachdail Nàiseanta	13
Builean Ro-innleachdail	14
Buil 1 – Dèiligeadh ri cunnart do shàbhailteachd is sunnd a’ phobail le seirbheis poilis a tha for-ghnìomhach agus mothachail	
Buil 2 – Feumalachdan choimhearsnachdan ionadail gan coileanadh le lìbhrigeadh seirbheis èifeachdach	
Buil 3 – Tha am poball, coimhearsnachdan agus com-pàirtichean a’ dol an sàs agus a’ gabhail pàirt ann an obair poilis agus tha earbsa aca ann	
Buil 4 – Tha na daoine againn a’ faighinn taic tro àrainneachd obrach mhisneachail, a’ toirt cothrom dhaibh frithealadh don phoball	
Buil 5 – Tha Poileas Alba seasmhach, sùbailte agus ullaichte airson dùbhlain san àm ri teachd	
A’ cur atharrachadh an sàs	34
Buileachadh	36
A’ tomhas adhartas agus a’ measadh dèanadas	37
A’ conaltradh leinn	40

Facal-toisich



David Crichton

Iar-neach-cathrach,
Ùghdarras Poilis na h-Alba



Iain Livingstone QPM

Àrd-chonstabal,
Poileas Alba

Tha sinn toilichte ar Plana Poilis Ro-innleachdail ùraichte a thoirt a-steach gus an t-slighe air adhart airson obair phoilis ann an Alba a shuidheachadh. Chaidh adhartas mòr a dhèanamh anns na trì bliadhna bho chaidh a' chiad ro-innleachd fad-ùine againn fhoillseachadh agus tha an t-àm ann beachdachadh air na dùbhlain agus na cothroman a tha romhainn ann an àrainneachd a tha a' sior atharrachadh, mì-chinnteach agus a' sior fhàs iom-fhillte.

Tha am Plana Poilis Ro-innleachdail seo ag aithneachadh àite sònraichte nam poileas anns na coimhearsnachdan dha bheil sinn a' frithealadh. Tha e a' nochdadh an fheum air goireasan ath-chuimseachadh agus ath-stiùireadh gus dèanamh cinnteach gu bheil oifigearan agus luchd-obrach a' faighinn làn thaic fhad 's a tha iad a' freagairt le dealas agus proifeiseantachd do fheumalachdan choimhearsnachdan.

A bharrachd air a bhith a' dèiligeadh ri eucoir thraidiseanta agus faicsinneach, feumaidh sinn diofar dhòighean a lorg gus cleachdadh eucoireach nas innleachdaiche agus nas iom-fhillte de dh'innealan didseatach agus innleachdan ùra, gu tric a' tighinn bho thaobh a-muigh ar crìochan, a chasg, a bhriseadh agus freagairt a thoirt dha. Tha obair a' dol air adhart gus ro-innleachd saidhbear a leasachadh a chuireas comas Poileas Alba am meud gus dèiligeadh ris na bagairtean sin.

Tha buaidh so-leòntachd, droch shlàinte inntinn agus ana-cleachdadh stuthan air daoine fa-leth agus air a' chomann-shòisealta san fharsaingeachd, agus na h-iarrtasan co-cheangailte ris a chaidh a chur ri obair phoilis o chionn beagan bhliadhnaichean, a' sior fhàs.

Chan urrainn dhuinn coinneachadh ri feumalachdan a h-uile duine leinn fhìn. Chan eil na sgilean, an t-eòlas no na goireasan againn airson sin a dhèanamh. Ach, is e an rud as urrainn dhuinn dèanamh com-pàirteachasan innleachdach a chruthachadh, èisteachd agus gabhail ri eòlas ar daoine agus ar coimhearsnachdan, agus ar n-eòlas poilis a chleachdadh gus taic a thoirt do bhuilean adhartach. Faodaidh sinn obrachadh ann an com-pàirteachas gus seirbheisean a leasachadh a choinnicheas ri feumalachdan dhaoine fa-leth agus choimhearsnachdan, a' leasachadh fulangas agus a' casg eucoir agus cron eile.

Bidh an taic a bheir sinn do ar daoine aig cridhe ar dòigh-obrach san àm ri teachd. Tha dreuchd ann an obair phoilis measgaichte, dùbhlanaich is buannachdail. Anns na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, tha an t-àrdachadh ann an ionnsaighean air oifigearan poilis air a bhith a' ciallachadh gum feum sinn taic a thoirt do oifigearan agus luchd-obrach barrachd na bha againn a-riamh. Tha an sàbhailteachd agus an sunnd air leth cudromach. Tha sinn dealasach a thaobh dèanamh cinnteach gum faigh iad an taic agus an cuideachadh a tha a dhith orra.

Bidh e na phrìomh amas dèanamh cinnteach gu bheil Poileas Alba na bhuidheann bhunailteach, seasmhach a thaobh na h-àrainneachd agus a thaobh ionmhais agus sinn ag obair gus seirbheis poilis èifeachdach a sholarachadh do choimhearsnachdan na h-Alba. Tha sinn a' toirt air adhart ar ro-innleachd charbadan ùr-ghnàthach a bhios a' ciallachadh gur sinne a' chiad sheirbheis èiginn san Rìoghachd Aonaichte aig a bheil cabhlach Charbadan Sgaoilidh Fìor-Ìosal (ULEV), atharrachadh a dh'fhaodas 60% de na sgaoilidhean CO2 againn a thoirt air falbh agus a bhios na cheum riatanach air slighe gu bhith nar buidheann nas seasmhaiche.

Libhrigidh sinn an luach as fheàrr anns gach rud a nì sinn agus bheir sinn seachad seirbheis fìor èifeachdach. Leigidh ar modal obair phoilis stèidhichte air fianais dhuinn a bhith ag obair nas èifeachdaiche. Le bhith a' tuigsinn nas fheàrr ar coileanadh agus iarrtas, is urrainn dhuinn ar n-oifigearan agus luchd-obrach a shuidheachadh far am bi a' bhuidheann as motha aca. Bidh tasgadh ann an dàta, didseatachd, anailis agus fiosrachadh deatamach airson ar soirbheachais fhad 's a bhios sinn a' gleac ri suidheachadh a tha a' sior fhàs toinnte. Leanaidh sinn oirnn a' tagradh airson barrachd tasgaidh.

Tha sinn moiteil às an obair a tha Poileas Alba a' dèanamh gach uair a thide de gach latha air feadh na dùthcha. Tro bhith a' libhrigeadh a' Phlana Poilis Ro-innleachdail seo atharraichidh ar dòigh-obrach a thaobh nan cùisean a tha fa-near dhuinn, ach bidh ar luachan de chothromachd, treibhdhìreas, spèis agus còraichean daonna fhathast mar chlach-òisinn air gach nì a bhios sinn a' dèanamh, stèidhichte air ar spiorad seirbheis phoblaich.

Fios mur deidhinn



17,234 oifigearan,
5,768 luchd-obrach
– oifigear airson
gach 315 neach
den t-sluagh ann
an Alba

Co-theacsa
nas farsaing

57% de dh'inbhich
ag ràdh gu bheil
am poileas a'
dèanamh obair
mhath no fìor
mhath san sgìre
aca¹

Leasachadh
ga dhèanamh

Ro-innleachdan
ùr-ghnàthach
airson cabhlach is
oighreachd a' toirt
cruth-atharrachadh
h air seasmhachd
àrainneachdail



1.7m tachartas
ga aithris
(Bliadhna 18/19)



87.5% de mhaoin
teachd-a-steach
a' dol air
cosgaisean
pàigheadh
oifigearan is
luchd-obrach



10,000 oifigear air
innealan
glusadach
fhaighinn agus
trèanadh air an
cleachdadh



An dàrna
oighreachd
phoblach as
motha san RA thar
32 sgìrean
ùghdarras ionadail



POLICE
SCOTLAND
Keeping people safe
POILEAS ALBA



£870m ann an
tasgadh calpa agus
ath-leasachaidh
a dhìth thar 10
bliadhna gus
pròiseactan
cruth-atharrachaidh
a thoirt gu buil



chaidh 66% de
thogalaichean a
thogail còrr is 40
bliadhna air ais,
33% ro 1950



£195m de
shàbhaladh
ath-mheasaidh
bliadhnail
ath-chùrsach bho
chaidh Poileas Alba
a stèidheachadh



Ar dòigh-obrach ùr a
thaobh làimhseachadh
ghairmean ag
aithneachadh
feumalachdan an
luchd-gairm agus a'
lìbhrigeadh freagairt
iomchaidh



Cabhlach solais
ghuirm as motha
ann an Alba



Easbaidh
obrachaidh sa
bhuidseat de
£24.6m



Taic adhair
a bharrachd
a' cuideachadh
gus daoine a lorg
a tha air chall ann
an àiteachan
iomallach na h-Alba

¹Suirbhidh Eucoir is Ceartas na h-Alba 2017-2018

Ro-ràdh

Tha obair a' Phoilis na bhunait airson sàbhailteachd is foghainteachd muinntir na h-Alba. Tha ath-leasachadh Poilis gu ruige seo air piseach a thoirt an t-seirbheis gun teagamh, ach tha barrachd ri dhèanamh gus a bhith cinnteach gu bheil Poileas Alba uidheamaichte agus a' faighinn taic gus a dhleastanasan a choileanadh. Tha Poileas Alba a' faighinn buannachd bho thaic phoblach agus misneachd làidir. Tha am Plana Poilis Ro-innleachdail seo a' feuchainn ri togail air sin gus tuilleadh bhuaidhean adhartach a bhrosnachadh airson Alba nas sàbhailte.

Mhìnich ar Ro-innleachd A' frithealadh Alba a tha ag Atharrachadh, a chaidh fhoillseachadh ann an 2017, cho cudromach 's a tha seirbheis poilis as urrainn atharrachadh a rèir an t-suidheachaidh. Bha am plana buileachaidh airson a' chiad trì bliadhna ag amas air mar a chruthaichear comas leasachaidh. Chuidich seo sinn gus adhartas a dhèanamh; ach, tha amannan air a bhith a' sìor atharrachadh.

Feumaidh Poileas Alba a bhith èifeachdach gus coinneachadh ris na h-iarrtasan mòra air obair a' phoilis, a tha a' sìor dhol am meud agus a' fàs nas toinnte. Tha cruth-tìre na h-Alba farsaing agus eadar-dhealaichte, bho dhùmhlachd nam bailteil gu sgìrean iomallach air an dùthaich, an oirthir agus na h-eileanan.

Tha an saoghal anns a bheil sinn beò agus ag obair an-còmhnaidh ag atharrachadh, ach, chan atharraich adhbhar obair a' Phoilis agus an dealas airson daoine a dhìon.

Tha buaidh mhòr aig deamografachd chaochlaideach na h-Alba air mar a dh'fheumas seirbheisean poblach obrachadh còmhla gus na daoine as so-leònte nar coimhearsnachdan a dhìon. Tha nàdar eucoir ag atharrachadh, le eucoirean traidiseanta a' sìor thoirt a-steach eileamaid dhidseatach. Thathas ag iarraidh air na Poilis a bhith a' freagairt ri raon farsaing de chunnartan aig àm nuair a tha fòirneart an aghaidh nan seirbheisean èiginn ag èirigh cuideachd.

Tha coimhearsnachdan na h-Alba, ge bith an ann stèidhichte air cruinn-eòlas no ùidh, a' fàs eadhon nas iom-fhillte. Gu h-eachdraidheil, bha coimhearsnachdan stèidhichte air àite sònraichte, ach tha seo air a bhith ag atharrachadh airson greis. Tha fàs teicneòlas didseatach agus adhartas nam meadhanan sòisealta, an cois feum dhaoine a bhith a' ceangal ri chèile agus a' faireachdainn buinteanas, air coimhearsnachdan ùra a thòiseachadh a rèir dearbh-aithne agus ùidhean coitcheann. Tha a-nis mòran sheòrsaichean ceangail againn, a' toirt chothroman do dhaoine dearbh-aithne a lorg anns na ceanglaichean a tha iad a' dèanamh, an dà chuid gu bhirtual agus gu corporra. Far a bheil na cothroman sin nas laige, tha barrachd cunnairt ann gun tachair eucoir, leis gu bheil buidhnean eucoir a' lìonadh na beàrn.

Bidh Alba a' toirt aogheachd don 26mh Co-labhairt nam Pàrtaidhean (COP26) Dàil Frèam-obrach nan Dùthchannan Aonaichte air Atharrachadh Cliomaid san t-Samhain 2020. Chan e a-mhàin gur e COP26 an tachartas as motha a thèid a chumail a-riamh ann an Alba, ach cuideachd aon de na tachartasan poilis as motha ann an eachdraidh na RA, le dùil gum bi àireamh mhòr de cheannardan stàite an làthair.

Tha na dùbhlain co-cheangailte ri dealbhadh is obair phoilis an tachartais seo susbainteach agus feumar a ghabhail os làimh còmhla ri obair làitheil a' phoilis anns na coimhearsnachdan againn. A dh'aindeoin nan dùbhlain, tha Poileas Alba moiteil a bhith ag obair aig an tachartas seo. Gun teagamh bidh an t-eòlas agus an cleachdadh a gheibhear tro na h-ìrean dealbhaidh is libhrigidh na fhìor bhuannachd don bhuidhinn airson iomadh bliadhna ri thighinn.

Tha cuideam ionmhais air feadh na roinne phoblaich, le sìor àrdachadh air iarrtas. Leanaidh Poileas Alba ris a' phrògram cruth-atharrachaidh aca gus dèanamh cinnteach gum bi tarbhachd agus èifeachdas nas fheàrr taobh a-staigh an riarachadh ionmhasail, agus aig an aon àm a' cur an cèill gu soilleir an ìre de ghoireasan a dh'fheumar airson seirbheisean làithreach agus san àm ri teachd.

¹ Suirbhìdh Eucoir is Ceartas na h-Alba 2017-2018

Tha am Plana Poilis Ro-innleachdail seo a' toirt cunntas air mar a thèid na cothroman gus dèiligeadh ris na dùbhlain a chaidh a chomharrachadh a chruthachadh. Tha e a' stiùireadh dòigh-obrach Poileas Alba a thaobh gach ro-innleachd agus plana buileachaidh eile, a' dèanamh cinnteach gu bheil stiùireadh cunbhalach air a h-uile obair phoilis ann an Alba.

Tha Ùghdarras Poilis na h-Alba agus Poileas Alba ag aontachadh an stiùiridh ro-innleachdail agus na builean co-cheangailte ris airson obair a' phoilis agus tha iad sin air am mìneachadh anns an sgrìobhainn seo.

Tha am Plana seo stèidhichte air còig builean ro-innleachdail, a tha ag innse na buaidh adhartach a tha sinn a' sireadh airson muinntir agus coimhearsnachdan na h-Alba. Tha am Plana a' co-thaobhadh ris na prionnsapalan poilis a tha air an cur sios ann an Achd Ath-leasachadh Poilis is Smàlaidh (Alba) 2012. Tha e a' toirt cunntas air na tha na poilis a' cur ris na Builean Coileanaidh Nàiseanta agus Builean an t-Siostam Ceartais; agus tha e a' nochdadh gu tur an stiùireadh a tha air a mhìneachadh ann am Prìomhachasan Poilis Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba.

Tha buileachadh air a stiùireadh le raon de phlanaichean gnìomha a' còmhdach obair phoilis ionadail, seirbheisean speisealta nàiseanta, planaichean luchd-obrach is ionmhais, agus feadhainn eile.

Feumaidh Ùghdarras Poilis na h-Alba fo Achd Ath-leasachadh Poilis is Smàlaidh (Alba) 2012 goireasan ionmhais a riarachadh a thaobh obair a' phoilis. Tha an t-Ùghdarras air a mhaoineachadh gu h-àraidh tro thabhartas mar thaic bho Riaghaltas na h-Alba, a tha an uair sin air a riarachadh gu Poileas Alba, Seirbheisean Foireansach agus buidheann chorpóra an Ùghdarras. Faodar barrachd teachd-a-steach a thogail le bhith a' reic sheirbheisean agus a' tàladh thabhartasan, a bharrachd air a bhith ag ath-thasgadh airgead bho bhith a' reic so-mhaoin (m.e. togalaichean agus carbadan).

Tha ath-leasachadh a' phoilis air àireamhan oifigearan thar choimhearsnachdan na h-Alba a chumail an-àirde, agus air gearradh timcheall air £200m bho chosgaisean bliadhna. Tha cruthachadh aon sheirbheis poilis air tòrr a bharrachd a shàbhaladh na chaidh a shùileachadh anns a' chùis gnothaich airson ath-leasachadh a' phoilis. Tha cruthachadh aon sheirbheis poilis air tòrr a bharrachd a shàbhaladh na chaidh a shùileachadh anns a' chùis gnothaich airson ath-leasachadh a' phoilis.

Ach, a dh'aindeoin nan sàbhalaidhean mòra sin, tha gainnead buidseit an-còmhnaidh ann. Leanaidh sinn oirnn ag obair gus ar seirbheisean atharrachadh airson suidheachadh seasmhach a thaobh ionmhas a ruighinn gus leigeil leinn na h-amasan a tha sa phlana seo a choileanadh.

Maoineachadh calpa

Tha am buidseat calpa air a chleachdadh gus tasgadh a dhèanamh ann a bhith ag ath-nuadhachadh so-mhaoin gu cunbhalach agus ann am pròiseactan atharrachaidh calpa. Tha maoineachadh calpa a' toirt a-steach tabhartas calpa agus maoineachadh ath-leasachaidh Riaghaltas na h-Alba, agus cuidhteasan bho reic so-mhaoin.

Dealbhadh ionmhasail

Tha leasachadh phlanaichean làidir gus obair phoilis na h-Alba a leasachadh agus atharrachadh deatamach airson coileanadh soirbheachail na ro-innleachd seo. Feumaidh co-dhùnaidhean làidir a thaobh ionmhas is tasgadh a bhith nam bunait dhaibh sin. Leanaidh Poileas Alba le bhith a' togail comais anns na raointean sin gus leigeil leis an Ùghdarras sgrùdadh agus cunntalachadh cheart a dhèanamh. Thèid ath-sgrùdadh iomlan agus mionaideach a dhèanamh air an ro-innleachd ionmhais meadhan-ùine agus fad-ùine ann an 2020, mar thoradh air a' phlana ro-innleachdail seo.

Co-ro-innleachd airson Obair Phoilis

Ar Léirsinn | Poileas ag obair a dh'ionnsaigh Alba a tha sàbhailte, dìonta agus foghainteach
Ar n-Adhbhar | Is e adhbhar obair phoilis sàbhailteachd is sunnd dhaoine, àiteachan agus coimhearsnachdan ann ann Alba a leasachadh
Ar Luachan | Cothromachd | Treibhdhìreas | Spèis | Còraichean Daonna

Prìomhachasan Poilis Ro-innleachdail

Eucoir agus Tèarainteachd	Earbsa	Seasmhachd	Com-pàirteachasan	Daoine	Fianais
---------------------------	--------	------------	-------------------	--------	---------

Prìomhachasan Obair Phoilis

Dìon Dhaoine So-leònte	Dèiligeadh ri Eucoir san t-Saoghal Dhìdeatath	Obair le Coimhearsnachdan	Taic do Ghnìomhachd Phoilis
------------------------	---	---------------------------	-----------------------------

Builean

Dèiligeadh ri cunnart do shàbhailteachd is sunnd a' phobaill le seirbheis poilis a tha for-ghnìomhach agus mothachail

Feumalachdan choimhearsnachdan ionadail gan coileanadh le lìbhrigeadh seirbheis èifeachdach

Tha am poball, coimhearsnachdan agus com-pàirtichean a' dol an sàs agus a' gabhail pàirt ann an obair phoilis agus tha earbsa aca ann

Tha na daoine againn a' faighinn taic tro àrainneachd obrach mhiseachail, a' toirt cothrom dhaibh frithleadh don phoball

Tha Poileas Alba seasmhach, sùbailte agus ullachichte airson dùbhlain san àm ri teachd

Amasan

- Cùm daoine sàbhailte ann an saoghal corporra agus dìdeatath
- Dealbh seirbheisean còmhla gus dèiligeadh ri dùbhlain thoinnte sàbhailteachd is sunnd a' phobaill
- Cuir taic ri obair phoilis le bacadh for-ghnìomhach

- Tuig ar coimhearsnachdan agus lìbhrig a' mheasgachaidh cheart de sheirbheisean a gus coinneachadh ris na feumalachdan aca
- Thoir taic do ar coimhearsnachdan tro mheasgachadh de dh'èblas ionadail is nàiseanta
- Cuir taic ri nàdar caochlaideach choimhearsnachdan

- Freumhaich na cùisean beusalachd agus prìobhaideachd a tha riatanach ann an obair phoilis agus dìon anns gach taobh den t-seirbheis
- Dìon am poball agus adhartach sunnd air feadh na h-Alba le bhith a' toirt seachad seirbheisean a tha buntainneach, ruigsinneach agus èifeachdach
- Obair còmhla ri buidhnean ionadail agus buidhnean poblach, prìobhaideach agus treas roinn gus taic a thoirt do ar coimhearsnachdan

- Cuir prìomhachas air sunnd gus na daoine againn a chumail sàbhailte, air an deagh uidheamachadh agus air an dìon
- Cuir taic ris na daoine againn a bhith nan ceannardan misneachail, nan com-pàirtichean agus nan luchd-buaidh innleachdail, gnìomhach
- Cuir taic ris na daoine againn gus luachan Poileas Alba aithneachadh agus a nochdadh agus mothachadh làidir a bhith aca mu bhuinteanas

- Cleachd dòighean-obrach innleachdach gus ar comas airson lìbhrigeadh seirbheis èifeachdach a chur am meud
- Bidh dealasach gus deagh bhuaidh a thoirt gu buil tro shàr sheasmhachd àrainneachdail
- Cuir taic ri obair phoilis tro na h-innealan dìdeatath iomchaidh agus lìbhrigeadh an luach as fheàrr

Coileanadh agus Gnìomhachadh

Poileas stèidhichte air fianais

Luachan, adhbhar agus lèirsinn

Tha lèirsinn Poileas Alba a' nochdadh ar n-adhbhar agus ar prìomh luachan.

Ar n-Adhbhar:

Sàbhailteachd is sunnd dhaoine, àiteachan agus coimhearsnachdan ann ann Alba a leasachadh

Ar Luachan:

Cothromachd, Treibhdhìreas, Spèis agus Còraichean Daonna

Ar Lèirsinn:

Poileas ag obair a dh'ionnsaigh Alba a tha sàbhailte, dìonta agus foghainteach

A' daingneachadh luachan


Tha còrr air 23,000 oifigear poilis agus luchd-obrach ag obair ann am Poileas Alba agus Ùghdarras Poilis na h-Alba (àireamhan 2018/19). Is ann tro am proifeiseantachd, an dealas pearsanta agus an oidhirpean coitcheann a chuireas sinn Plana Poilis Ro-innleachdail an gnìomh gu soirbheachail.

Tha an t-Ùghdarras agus Poileas Alba air gabhail ri Frèam-obrach Luachan Comais (CVF) (faic an iomhaigh gu h-ìosal), a chaidh a leasachadh le Colaiste a' Phoilis agus a chaidh atharrachadh gus a bhith a' toirt a-steach Luachan agus Còd Beusachd Poileas Alba.

Tha an CVF ag amas air taic a thoirt do gach proifeasantach poilis, a-nis agus san àm ri teachd. Tha e a' mìneachadh giùlan agus

luachan a tha aithnichte gu nàiseanta, a bheir seachad bunait chunbhalach airson raon de phròiseasan dhaoine ionadail is nàiseanta. Nì am frèam-obrach seo cinnteach gu bheil dùilean a h-uile duine a tha ag obair ann an obair phoilis soilleir, agus togaidh seo ìrean airson buannachd agus sàbhailteachd a' phobaill.

Tha sia comasan anns an fhrèam-obrach a tha air an cruinneachadh ann an trì buidhnean. Fo gach comas tha trì ìrean a tha a' sealltainn cò ris a bhios giùlan coltach ann an cleachdadh. Tha na comasan uile air an daingneachadh leis na luachan againn a bu chòir taic a thoirt do gach rud a nì sinn mar sheirbheis Poilis.



Prìomhachasan Poilis Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba

Fo Achd Ath-leasachadh Poilis is Smàlaidh (Alba) 2012, bidh Riaghaltas na h-Alba a' dearbhadh Prìomhachasan Poilis Ro-innleachdail airson Ùghdarras Poilis na h-Alba. Tha na prìomhachasan sin a' suidheachadh an stiùiridh ro-innleachdail àrd-ìre airson gnìomhachd Poileas Alba agus an Ùghdarras.

Thug Riaghaltas na h-Alba prìomhachasan ùra a-steach san Dùbhlachd 2019. Tha am Plana Poilis Ro-innleachdail seo a' nochdadh nam prìomhachasan sin, a tha air am mineachadh gu h-ìosal.

Eucoir agus Tèarainteachd

- prìomhachas air bacadh, rannsachadh, co-ionannachd agus còraichean daonna gus taic a thoirt do dheagh bhuilean ceartais eucoirich, freagairt ri bagairtean a th' ann an-dràsta agus a tha a' tighinn am follais agus cumail òrdugh poblach.

Seasmhachd

- ag obair a rèir an t-suidheachaidh an-dràsta agus a' planadh airson an t-suidheachaidh shòisealta is eaconamaich san àm ri teachd, agus a' beachdachadh air buaidh àrainneachdail obair phoilis

Earbsa

- a' leantainn oirnn a' cumail earbsa a' phobaill le bhith beusach, fosgailte agus soilleir, a' sealltainn coileanadh mu choinneamh bhuilean agus a' togail air deagh chliù aig ìre ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta.

Daoine

- a' cur luach ann an, agus taic ri, sgioba-obrach eadar-mheasgaichte, a' dol an sàs leotha agus a' toirt cumhachd dhaibh a bhith ceannardail agus sàr sheirbheisean a libhrigeadh.

Com-pàirteachasan

- ag obair gu for-ghnìomhach le com-pàirtichean gus coimhearsnachdan a chumail sàbhailte agus taic a thoirt do dheagh bhuilean airson daoine, a' cur ri foghainteachd agus a' freagairt ri so-leòntachd.

Fianais

- a' cleachdadh fianais gus seirbheisean a leasachadh agus a' cur aghaidh ri iarrtasan a th' ann an-dràsta agus a tha a' tighinn am follais, a' dèanamh cinnteach gu bheil na comasan is sgilean ceart ann gus sàr sheirbheisean innleachdach a libhrigeadh.

Measadh ro-innleachdail nàiseanta

Ann a bhith a' measadh na h-àrainneachd ro-innleachdail anns a bheil obair phoilis ga dhèanamh an-dràsta agus san àm ri teachd, chaidh beachdachadh air raon farsaing de spreigidhean bhon taobh a-muigh. Tha iad sin a' toirt a-steach ro-mheasaidhean deamografach airson atharrachadh ann an cumadh, agus mar sin ann am feumalachdan, nan coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh agus barrachd chùisean co-cheangailte ri slàinte inntinn agus daoine so-leònte. Tro na rèiteachaidhean sgrùdadh ùghdarrasan ionadail agus na lionraidhean ionadail againn, bidh sinn a' cluinntinn agus a' meòrachadh air beachdan an raon eadar-mheasgte de choimhearsnachdan bailteil, dùthchail agus iomallach air feadh na h-Alba. Tha seo gar cuideachadh a' tuigsinn atharrachadh ann an iarrtasan airson ar seirbheisean agus far am feum iad a dhol còmhla ris an fheadhainn a tha buidhnean com-pàirteachaidh a' toirt seachad.

Gus na seirbheisean as fheàrr a dhealbhadh, tha am Plana seo air fhiosrachadh le co-dhùnaidhean Measadh Ro-innleachdail Nàiseanta Poileas Alba agus eòlas agus cleachdadh ceannardan poilis air feadh na seirbheis.

Tha am Measadh Ro-innleachdail na mheasadh cunnairt coileanta air cùisean obair phoilis, agus na mheasadh eagrachail air dòigh-obrach a thaobh taic a thoirt do lìbhrigeadh sheirbheisean poilis agus an comas sin a dhèanamh. Tha am Measadh a' toirt a-steach beachdachadh air an làn raon de phoileasaidh agus ro-innleachd an riaghaltais mar a bhuineas iad ri obair phoilis, mar eisimpleir, Builean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba agus Ro-innleachd Dion na RA.

Tha am Measadh a' toirt seachad mion-sgrùdadh air dàta eucoir is tachartais, fiosrachadh, sgrùdadh faire agus bagairtean a tha a' tighinn am bàrr, le ceanglaichean ris an dealbh nas fharsaing air feadh na RA. Tha togail a' Mheasaidh Ro-innleachdail Nàiseanta a' toirt a-steach fios air ais bhon phoball, com-pàirtichean, co-obraichean agus luchd-ùidh.

Tha am Measadh na bhunait air a' Phlana Poilis Ro-innleachdail seo, a' cruthachadh cùis làidir airson atharrachadh.

Adhbhar airson atharrachadh

Àrdachadh iarrtais	Atharrachadh ann an nàdar eucoir agus nàdar a' chomainn-shòisealla
<ul style="list-style-type: none"> • Ionnsaighean air oifigearan aig àirde 5-bliadhna aig 1,649 (2018) • Tha còrr is 80% de na gairmean a gheibh sinn nach eil ag adhbharachadh clàradh eucoir (2018); Chaidh • 1,187 bàs co-cheangailte ri drogaichean a chlàradh ann an 2018; an àireamh as àirde riamh ann an Alba; • Tha Alba a' cumail barrachd thachartasan mòra: Cupa Solheim, COP 26; Àrdachadh • 169% ann an gnìomhachd Orduigh Phoblach (2019) • Foill chlàraichte a' sìor dhol an-àirde. Àrdachadh bliadhnail 18.6%, 33% nas àirde na an àireamh chuibheasach 5 bliadhna • Àrdachadh deich uiread ann an tar-chur droch-dhiol chloinne air-loidhne 	<ul style="list-style-type: none"> • Tha dùil gun tèid an àireamh dhaoine aois 75 agus nas sine an-àirde 27% thar an ath 10 bliadhna, agus an-àirde 79% thar an ath 29 bliadhna • Cunnairt bho eucoir shaidhbear a' sìor dhol am meud agus ag atharrachadh le sgaoileadh innealan is teicneòlas a tha ceangailte ris an eadar-lìon • The 51% de dh'inbhich iomagaineach gun tèid am fiosrachadh banca/cairt a chleachdadh gus airgead, stuth is seirbheisean fhaighinn • 67% de eucoir stàcaidh/sàrachaidh a-nis a' buntainn ri teacsa no air-loidhne • Tha deamografaidh na h-Alba ag atharrachadh (mar eisimpleir, tha ar slugh a' fàs sean nas luaithe na dùthchannan eile san RA)

Seasmhachd

Ionmhas	Àrainneachdail	Sgioba-obrach
<ul style="list-style-type: none"> • 87% de bhuidseat £1.1 billean ga chosg air cosgaisean pàighidh. Easbhaidh obrachaidh • 2019/20 aig £24.6 millean. Tha am modail maoinachaidh làithreach neo-sheasmhach An • 5mh caitheamh calpa as ìsle mu choinneamh gach neach-obrach a-mach à 43 Feachdan san RA (2018) 	<ul style="list-style-type: none"> • Targaid Carbon Neodrach Riaghaltas na h-Alba 2045 – sgaoilidhean làithreach 51,000 tunna CO2. • Cabhlach solais ghluim as motha ann an Alba • 30% den oighreachd ann an "droch" staid. 66% thar 40 bliadhna a dh'aois 	<ul style="list-style-type: none"> • Dìth sgilean is comas saidhbear air feadh na buidhne gus coinneachadh ri iarrtas san àm ri teachd • Deamografaidh eadar-mheasgte an sgioba-obrach – coig ginealaich le dùilean eadar-dhealaichte mun àite-obrach

Buil 1

Dèiligeadh ri cunnart do shàbhailteachd is sunnd a' phobail le seirbheis poilis a tha for-ghnìomhach agus mothachail

Dùbhlain is cothroman

Tha an comann-sòisealta ag atharrachadh. Tha sinn a' dol aig astar a tha a' sìor fhàs bhon t-saoghal chorporra chun t-saoghail dhidseataich; gluasad a chruthaicheas cothroman airson seòrsachan eucoir ùra agus iom-fhillte. Tha an gluasad seo cuideachd a' toirt buaidh air eucoir thraidiseanta, agus tha eileamaid dhidseatach aig mòran dheth a-nis.


Gus daoine a dhion gu h-èifeachdach, bidh Poileas Alba fhèin ag atharrachadh, a' luathachadh fòcas air daoine a chumail sàbhailte bho chron, agus aig an aon àm a' gabhail ri teicneòlasan agus com-pàirteachasan innleachdach.

Ach chan urrainn do Phoileas Alba na h-amasan aca a choileanadh leotha fhèin. Feumaidh sinn obrachadh le com-pàirtichean, a' gabhail a-steach tro chom-pàirteachasan dealbhadh coimhearsnachd a bheir còmhla seirbheisean poblach ionadail, gus obrachadh gu h-èifeachdach airson na buaidh as motha fhaighinn bho ghoireasan cuibhrichte. Leanaidh Poileas Alba air adhart a' cur gu mòr ri co-phlanadh agus libhrigeadh ionadail, a bharrachd air com-pàirteachasan tar-roinneil nàiseanta, a' cuideachadh le bhith a' spreigeadh gluasad gu bacadh agus eadar-theachd tràth thar sheirbheisean. Leigidh cothromachadh nas fheàrr de dhleastanasan thar sheirbheisean poblach cothrom do Phoileas Alba fòcas a chumail air na prìomh dhleastanasan aca.

Dùbhlain an latha an-diugh



Tha eileamaid dhidseatach a' sìor fhàs nas cumanta ann an eucoir agus tha sgilean shaidhbear nan eucoireach a' tòiseachadh a' ruith air thoiseach air ar comas freagairt gu h-èifeachdach



Tha àrdachadh iarrtais mar thoradh air dìth maoinachaidh ann an àiteachan eile a' bacadh ar comais a bhith a' freagairt far as motha a bhios buaidh aig obair phoilis



So-leòntachd, briseadh slàinte-intinn agus mì-chaitheamh stuthan a' sìor thoirt droch bhuaidh air sunnd dhaoine fa leth is choimhearsnachdan

Obair phoilis san àm ri teachd

Bidh sinn a' bacadh is a' freagairt ri eucoir san t-saoghal chorporra is didseatach, a' dìon dhaoine bho chron

Tha com-pàirteachasan innleachdach agus ar cleachdadh air sgilean is teicneòlas ùr-nodha a' ciallachadh gu bheil sinn air thùs anns an fhreagairt ri eucoir shaidhbear

Tha sinn a' lùghdachadh teans gun tachair eucoir le bhith ag aithneachadh dhaoine a tha ann an cunnart agus gan ceangal ris na seirbheisean air a bheil feum aca

Gus a' bhuil seo a choileanadh, bidh Poileas Alba:

1. A' cumail dhaoine sàbhailte san t-saoghal chorporra is didseatach
2. A' dealbhadh sheirbheisean còmhla gus dèiligeadh ri dùbhlain thoinnte sàbhailteachd is sunnd a' phobail
3. A' cur taic ri obair phoilis tro bhacadh for-ghnìomhach

1. Cumaidh sinn daoine sàbhailte san t-saoghal chorporra is didseatach

Mar a bhios sinn ag atharrachadh gus coinneachadh ri dùbhlain saoghal a tha ag atharrachadh, feumaidh sinn fòcas a chur air raon-dleastanais a' Phoilis mar a tha air a mhìneachadh san reachdas, is e sin:

- A' freagairt agus a' bacadh eucoir
- A' dìon dhaoine so-leònte bhon fheadhainn a tha airson cron a dhèanamh orra

Le bhith ag ùrachadh ar fòcas tha cothrom againn:

- Ar buidheann ath-chruthachadh gus coinneachadh ris na dùbhlain a tha romhainn an dà chuid san t-saoghal chorporra agus didseatach
- Ar dàimhean le ar com-pàirtichean ath-mhìneachadh gus taic nas fheàrr a thoirt do dhaoine so-leònte agus luchd-fulaing eucoir
- Dèiligeadh ri bagairtean èiginneach agus annamh

Tha eucoir saidhbear air a dhèanamh an-àirde de dhà roinn:

Eucoir saidhbear-eisimeil – dèanamh eucoir no oidhirp a eucoir dhèanamh gus inneal coimpiutair, lionra no siostam a mhilleadh far a bheil na h-innealan an dà chuid mar inneal airson an eucoir a dhèanamh agus targaid na h-eucoir. Tha coimpiutair a' toirt a-steach laptop, fòn tapaidh, tablad, Tbh tapaidh no inneal eile le comas eadar-lìn.

Eucoir le taic saidhbear – dèanamh eucoirean traidiseanta no oidhirp air eucoirean traidiseanta a dhèanamh leithid goid, foill, ocar, bagairtean msaa a' cleachdadh an eadar-lìn, no le bhith a' faighinn cothrom air siostam coimpiutair, inneal no lionra.

Tha leasachaidhean ann an teicneòlas a' cruthachadh gach cuid dùbhlain agus cothroman airson obair a' Phoilis. Tha eucoirich a' gabhail brath air teicneòlasan ùra aig astar a tha a' sìor fhàs, agus tha àireamh a tha a' sìor fhàs de dh'eucoirean traidiseanta a-nis a' nochdadh eileamaid dhidseatach. Tha meud agus cudromachd dàta a' dol am meud cuideachd – ceart mar a tha na cothroman agus na cunnartan co-cheangailte ri bhith ga chleachdadh.

Tha obair a' dol air adhart gus ro-innleachd saidhbear adhartach a leasachadh airson Poileas Alba. Tha an ro-innleachd ag amas air cruth-atharrachadh a thoirt air comas agus freagairt saidhbear taobh a-staigh na buidhne, fhad 's a tha e a' comasachadh taic fhor-ghnìomhach a libhrigeadh do dhaoine fa leth, do choimhearsnachdan agus do chom-pàirtichean a tha a' daingneachadh seasmhachd agus a' co-thaobhadh ris a' mhodal bacaidh nas fharsaingeach againn.

Cumaidh Poileas Alba daoine sàbhailte san aois dhidseatach le bhith a' leasachadh chom-pàirteachasan le solaraidhean air-loidhne, eòlaichean gnìomhachais, acadaimigich agus com-pàirtichean Poilis is ceartas eucorach eile, nam measg Oifis a' Chrùin agus Seirbheis Neach-casaid a' Chrùin. Obraichidh sinn còmhla ri feadhainn eile gus an teicneòlas agus an dàta a leasachadh a dh'fheumas sinn gus bacadh agus casg a chur air eucoir air-loidhne anns a h-uile cruth; cumail suas ris a' chunnart dhidseatach agus àrdachadh ar làthaireachd anns an t-saoghal fhìor.

Mar a chumas sinn oirnn a' leasachadh ar fileantachd dhidseatach, bidh sinn a' fighe a-steach sgilean saidhbear agus seasmhachd sa bhuidhinn. Bheir seo sàr thrèanadh do ar daoine gus an urrainn dhaibh sgrùdadh a dhèanamh air eucoir air-loidhne anns a h-uile cruth, agus aig an aon àm cur ris an sgilean a th' aca. Gus dèanamh cinnteach gu bheil na daoine ceart againn san àite cheart, cruthaichidh sinn slighean sùbailte a-steach don bhuidhinn gus an t-eòlas ùr-nodha a tha a dhìth oirnn a thàladh, fhastadh agus a chumail.

Tha mì-chinnt phoilitigeach agus pòlarachadh leantainneach air feadh na cruinne (agus taobh a-staigh na Rìoghachd Aonaichte) a' cruthachadh dhùbhlain airson obair phoilis ann an Alba. Cumaidh sinn oirnn a' toirt freagairt do thachartasan mòra gu co-rèireach; a' dèanamh obair phoilis gu sàbhailte fhad 's a tha sinn a' gabhail prìomh àite ann a bhith a' libhrigeadh thachartasan àrd-iomhaigh leithid Co-labhairt nam Pàrtaidhean 26 san t-Samhain 2020.

Mar a bhios coimhearsnachdan ag atharrachadh atharraichidh sinne mar a tha sinn faicsinneach annta agus ruigsinneach dhaibh, ag obair an dà chuid ann an àrainneachdan fiosaigeach agus bhirtual, a' sìor fhàs nas fhaicsinnich san t-saoghal dhìseatach. Uile gu lèir, obraichidh sinn le coimhearsnachdan gus dèanamh cinnteach gu bheil daoine a' tuigsinn agus a' dol an sàs ann an atharrachaidhean sam bith, far an gabh sin dèanamh.

2. Dealbhadh sinn seirbheisean còmhla gus dèiligeadh ri dùbhlain thoinnte sàbhailteachd is sunnd a' phobail

Bidh cumail dhaoine sàbhailte an-còmhnaidh na phrìomh fhòcas airson Poileas Alba. Ach, feumaidh sinn aideachadh nach e sinne an-còmhnaidh an t-seirbheis cheart gus an cuideachadh a tha a dhìth orra a thoirt do dhaoine. Tha sinn gu tric air fulang buaidh dhùbhlain ionmhasail san roinn phoblaich agus tha sinn a' gabhail uallach ann an suidheachaidhean far nach e sinne an t-seirbheis as freagarraiche airson dèiligeadh ris. Tha an suidheachadh seo neo-sheasmhach san fhad-ùine agus a' toirt air falbh bhon chomas againn eadar-theachd gu h-èifeachdach ann an suidheachaidhean èiginneach cunnairt is croin.

Tha e mar dhleastanas air seirbheisean poblach ann an Alba sunnd nan coimhearsnachdan a tha iad a' frithealadh a leasachadh. Feumaidh sinn

obrachadh còmhla gus dèiligeadh ris an iarrtas a tha a' sìor fhàs nas motha agus nas toinnte airson sheirbheisean. Tha Poileas Alba dealasach a bhith ag obair le buidhnean eile agus leis a' mhòr-shluagh gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' toirt seachad taic agus seirbheisean a choinnicheas ri feumalachdan dhaoine. Is e an dòigh as èifeachdaiche air builean math a choileanadh do dhaoine a bhith a' conaltradh riutha gus tuigsinn mar a tha a' tachairt riutha, a' dèanamh cinnteach gu bheil guth brioghmhor aca anns na co-dhùnaidhean a tha a' toirt buaidh orra agus na seirbheisean a tha sinn a' dealbhadh.

Leanaidh sinn oirnn a' leasachadh ar tuigse mu na cùisean a bheir droch bhuidhe air sàbhailteachd agus sunnd nan coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh agus a' meudachadh coltas gum bi daoine a' conaltradh ris na Poilis. Le bhith a' cumail sùil gheur air na rudan a bhrosnaicheas daoine a dh'ionnsaigh eucoir agus seòrsachan eile de chron, aithnichidh sinn daoine fa-leth 'ann an cunnart' agus obraichidh sinn le ar com-pàirtichean gus dèanamh cinnteach gu bheil slighean soilleir ann gu taic iomchaidh.

Obraichidh sinn gu cuideachail le com-pàirtichean thar nan roinnean poblach, prìobhaideach agus an treas roinn gus taic a thoirt don dòigh-obrach slàinte phoblaich a tha ga leasachadh ann an Alba. Leasaichidh sinn ar tuigse mu na dleastanasan agus na h-uallaichean againn, agus mar a bhios iad sin a' freagairt còmhla, gus an taic a tha a dhìth orra a thoirt do dhaoine. Bidh sinn a' roinn fiosrachadh agus tuigse, ann an dòigh iomchaidh agus beusanta, fhad 's a bhios sinn a' co-òrdanachadh ar goireasan gus cuimseachadh air cùisean leantainneach a bheir buaidh air sunnd agus seasmhachd; a' lùghdachadh iarrtas agus duilgheadasan ionmhais air feadh an t-siostam.

3. Cuir taic ri obair phoilis tro bhacadh for-ghnìomhach

Cumaidh sinn prìomh dhreuchd ann a bhith a' toirt taic do dhaoine agus coimhearsnachdan so-leònte ann an Alba. Le bhith ag obair le com-pàirtichean, leasaichidh sinn modhan bacaidh a bhios a' cuimseachadh air eadar-theachd tràth, fuasgladh tràth agus ath-threòrachadh gus dèiligeadh ris na duilgheadasan maireannach a choinnicheas sinn. Le bhith a' dèanamh seo, cuidichidh sinn le bhith a' togail seasmhachd taobh a-staigh cuid de na coimhearsnachdan as so-leònte ann an Alba; ag adhartachadh bhuilean nas fheàrr agus a' lùghdachadh cosgais air feadh na seirbheis phoblaich san fharsaingeachd.

Leigidh barrachd tasgaidh an seo leinn ar goireasan a chuimseachadh air com-pàirteachas, bacadh agus eadar-theachd tràth, a' toirt cothrom dhuinn fuasglaidhean èifeachdach a lorg còmhla. Cleachdaidh sinn ar tuigse poilis sònraichte gus cùis shoilleir a shealltainn airson atharrachadh, a' togail bunait fianais làidir airson tasgadh cuimsichte ann an ceumannan bacaidh gus dèiligeadh ri so-leòntachd, droch shlàinte inntinn agus ana-cleachdadh stuthan.

Mar a chumas sinn oirnn a' dèanamh an fheum nas fheàrr de dhàta gus fiosrachadh a thoirt do leasachaidhean ann an obair a' phoilis, leudaichidh sinn an dòigh-obrach seo gu ar n-obair le com-pàirtichean. Le bhith a' toirt gu buil buannachdan dàta is anailis co-roinnte, a rèir ar dleastanasan dìon dàta, bheir sin fiosrachadh don dòigh-obrach cho-obrachail againn agus nì sinn cinnteach gum bi a' bhuaidh as fheàrr againn.

Le bhith a' toirt buaidh an seo bidh e comasach dhuinn pròiseactan soirbheachail a mheudachadh agus taic a chuimseachadh air na daoine agus na coimhearsnachdan as so-leònte.

Bidh obair bacaidh na phrìomh fheart den dòigh-obrach againn a thaobh eucoir air-loidhne. Cumaidh sinn oirnn a' togail mothachadh mun chunnart dhidseatach nar measg, gus foghainteachd a leasachadh, so-leòntachd a lùghdachadh agus an coltas gum bi daoine a' fulang a-rithist a lùghdachadh. Obraichidh sinn le buidhnean anns na roinnean poblach, prìobhaideach agus an treas roinn gus an tuigse agus an fhreagairt a leasachadh. Le bhith ag obair còmhla, nì sinn cinnteach gu bheil builean agus seirbheisean tèarainte tro dhealbhadh, a' lùghdachadh chothroman do eucoirich brath a ghabhail air so-leòntachd.

Buil 2

Feumalachdan choimhearsnachdan ionadail gan coileanadh le libhrigeadh seirbheis èifeachdach

Dùbhlain is cothroman

Is e dreuchd a' phoilis daoine a chumail sàbhailte, ge bith càite a bheil iad a' fuireach. Feumaidh Poileas Alba cumail orra a bhith mothachail air a h-uile seòrsa coimhearsnachd. Le bhith a' dèanamh seo cumaidh seirbheisean a' tighinn air adhart, air an dealbhadh gus coinneachadh ri feumalachdan dhaoine agus choimhearsnachdan.

Tha dùbhlain shònraichte aig coimhearsnachdan bailteil, dùthchail, iomallach agus eileanach na h-Alba gach latha. Cumaidh sinn oirnn ag atharrachadh agus a' cumadh sheirbheisean a rèir nam feumalachdan eadar-dhealaichte aca.

Cumaidh Poileas Alba orra a' toirt seachad obair phoilis thraidiseanta, faicsinneach agus ruigsinneach do choimhearsnachdan ionadail, le taic bho sheirbheisean taice ùra a bhios a' freagairt air gluasadan sa chomann-shòisealta. Tha astar atharrachadh teicneòlais a' ciallachadh gu bheil daoine a' sior nochdadh no a' sior ghabhail pàirt ghnìomhach anns an t-saoghal didseatach. Bidh obair a' phoilis a' nochdadh seo anns an dòigh sa bheil goireasan air an riarachadh, a' dèanamh cinnteach gu bheil na seirbheisean a tha gan libhrigeadh in-ghabhalach agus for-ghnìomhach ann a bhith a' coinneachadh ri feumalachdan gach coimhearsnachd.


Dùbhlain an latha an-diugh



Feumar com-pàirteachd is tuigse a' phobaill gus ar seirbheis a dhèanamh nas in-ghabhalaich is nas so-ruigsinnich



Feumar ath-bhreithneachadh a thoirt air ar modail goireasachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil na daoine leis na sgilean ceart gan cur gu na h-àiteachan ceart



Tha an dòigh sam bi daoine a' ceangal ri coimhearsnachdan is a' chomann-shòisealta a' sior atharrachadh agus feumaidh obair phoilis atharrachadh dha rèir

Obair phoilis san àm ri teachd

Tha sinn a' tuigsinn ar coimhearsnachdan uile agus a' cumadh ar dealbhadh is libhrigeadh seirbheis a rèir nam feumalachdan eadar-dhealaichte aca

Tha ar seirbheisean poilis fhathast gan libhrigeadh aig ìre ionadail, a' tarraing air taic bho sgiobannan is goireasan nàiseanta nuair a dh'fheumar

Tha sinn a' meòrachadh air agus a' freagairt ri nàdar caochlaideach choimhearsnachdan, a' dèanamh cinnteach gu bheil ar sgioba-obrach agus ar seirbheisean in-ghabhalach agus eadar-mheasgte

Gus a' bhuil seo a choileanadh, bidh Poileas Alba:

1. A' tuigsinn nan coimhearsnachdan againn agus a' libhrigeadh a' mheasgachaidh cheart de sheirbheisean gus coinneachadh ris na feumalachdan aca
2. A' toirt taic do ar coimhearsnachdan tro mheasgachadh de dh'éòlas ionadail is nàiseanta
3. A' cur taic ri nàdar caochlaideach choimhearsnachdan

1. Tuigidh sinn ar coimhearsnachdan agus libhrigidh sinn am measgachadh cheart de sheirbheisean gus coinneachadh ris na feumalachdan aca

Gus am bi na poilis a' coinneachadh ri feumalachdan nan coimhearsnachdan ionadail againn feumaidh sinn a bhith ag obair gu dlùth le daoine fa leth, an riochdairean agus solaraichean seirbheis eile gus dèanamh cinnteach gu bheil tuigse choitcheann againn mun àrainneachd agus àite a' phoilis ann.

Tha sinn dealasach a thaobh obair phoilis ionadail agus dèiligeadh ri feumalachdan ionadail. Tha prìomh dhreuchd aig na ceannardan ionadail againn, na h-oifigearan agus an luchd-obrach aca ann a bhith a' toirt sealladh poilis gu dealbhadh coimhearsnachd agus libhrigeadh seirbheis ionadail.

Tha cumhachd aig roinnean ionadail gus atharrachaidhean innleachdach agus co-obrachail a leasachadh, fheuchainn agus a libhrigeadh a rèir fheumalachdan ionadail. Le bhith a' roinn ionnsachadh agus na cleachdaidhean as fheàrr thar obair a' phoilis agus le com-pàirtichean leigidh sin leinn atharrachadh agus a thighinn air adhart.

Tha conaltradh ionadail deatamach. Gus seo a dhèanamh gu brioghmhor agus gu h-èifeachdach feumar fìor chòmhradh, spèis, treibhdhreas, follaiseachd agus cunntachalachd. Tha e a' toirt cothrom do dhaoine seirbheisean a chumadh agus buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean. Bu chòir fòcas a bhith air gnìomh agus buil. Tha Poileas Alba air frèam-obrach conaltraidh a leasachadh gus na prionnsapalan sin a nochdadh.

Air an togail timcheall air in-ghabhaltas agus ruigsinneachd, bidh na h-inbhean agus na prionnsapalan conaltraidh againn freumhaichte air feadh Poileas Alba. Leudaichidh sinn ar conaltradh ionadail is nàiseanta, agus cleachdaidh sinn an tuigse seo, còmhla ri dàta obrachaidh is nàiseanta, gus làn chiall fhaighinn de cho-theacsa dhaoine, agus sealladh agus iarrtas a' phobaill.

Feuchaidh sinn gu gnìomhach ri bhith a' toirt a-steach daoine le ciorraman, daoine a dh'fheumas taic a bharrachd agus daoine bho air feadh a' chomainn-shòisealta nach biodh gu traidiseanta a' conaltradh ris na poilis.

2. Bheir sinn taic do ar coimhearsnachdan tro mheasgachadh de dh'èolas ionadail is nàiseanta

Is e a' bhuannachd a bhith nar seirbheis nàiseanta gum faod a h-uile sgìre a-nis taic obrachaidh a bharrachd agus seirbheisean sònraichte iarraidh gus cuideachadh le tachartasan agus rannsachaidhean, tachartasan mòra dealbhaichte agus neo-dhealbhaichte, agus suidheachaidhean eile far a bheil feum air na goireasan sin.

Mar eisimpleir, tha na Sgiobaidhean Mòr-sgrùdaidh againn air eòlas sònraichte nàiseanta is eadar-nàiseanta a thoirt seachad gus dèiligeadh ri droch eucoirean, a' toirt a-steach murt, malairt dhaoine agus buidhnean eucoir eagraichte.

Thar a' chiad seachd bliadhna, tha am modail againn de obair phoilis ionadail, a' tarraing air eòlas leasachail agus taic obrachaidh, air obrachadh gu math. Mar a chumas sinn oirnn a' cruthachadh comas tro chruth-atharrachadh, feumaidh sinn ath-bhreithneachadh agus atharrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil oifigearan agus luchd-obrach air an cleachdadh anns na h-àiteachan ceart gus seirbheis den chàileachd as àirde a thoirt do na h-uile.

Tha obair phoilis sa choimhearsnachd agus na dàimhean a th' againn ris a' phoball bunaiteach a thaobh mar a tha Poileas Alba ag obair. Bidh eòlas ar ceannardan ionadail a' dearbhadh cothromachadh an t-solair a tha freagarrach do fheumalachdan na sgìre aca, ge bith a bheil e bailteil, dùthchail no iomallach.

Tha teicneòlas ag atharrachadh gu luath. Bheir sinn barrachd roghainn agus goireasachd do dhaoine a tha airson fios a chur oirnn, le roghainnean didseatach leudaichte agus ruigsinneachd nas fheàrr.

Tha sinn air dòigh ùr a thoirt a-steach airson gairmean a làimhseachadh anns an Roinn Fiosrachaidh, Stiùiridh agus Smachd againn gus an dòigh sa bheil sinn a' dèiligeadh ris a' phoball a leasachadh. Tha seo a-nis ga sgaoileadh air feadh na dùthcha. Le bhith ag aithneachadh gum feum na freagairtean againn a bhith a rèir gach neach fa leth, leigidh sinn le ar luchd-obrach sgileil measadh a dhèanamh air bagairt agus cunnart croin anns gach gairm agus co-dhùnadh dè an fhreagairt as iomchaidh. Meudaichidh am modail ùr ar comas gus oifigearan poilis a chur gu tachartasan èiginneach, a tha a' ciallachadh gun urrainn dhuinn faighinn gu na daoine as motha a tha feumach oirnn, nuair as motha a tha feum aca oirnn. Ann an suidheachaidhean eile, is dòcha gur e buidheann com-pàirteachais aig a bheil na sgilean iomchaidh as fheàrr a chuidicheas an neach-gairm.

Tha na h-oifigearan tùs-gnothaich againn a' faighinn innealan gluasadach, gan dèanamh nas neo-eisimeilich agus a' leigeil leotha barrachd ùine a chaitheamh ann an coimhearsnachdan. Leanaidh sinn oirnn ag aithneachadh agus a' leasachadh comas-gnìomha gus am bi ar daoine èifeachdach far a bheil feum orra. Mar a dh'atharraicheas sinn ar cabhlach, bidh na carbadan againn nan àrainneachdan obrach gluasadach. Mar a bhios teicneòlasan ùra airson obair a' phoilis rim faighinn, beachdaichidh sinn air mar a bheir iad taic don libhrigeadh tùs-gnothaich againn don phoball.

3. Cuiridh sinn taic ri nàdar caochlaideach choimhearsnachdan

Tha ar tuigse air an teirm ‘coimhearsnachd’ air a thighinn air adhart thar ùine agus chan eil e a-nis air a chuingealachadh ri coimhearsnachdan cruinn-eòlais a-mhàin. Bidh daoine cuideachd gan aithneachadh fhèin mar phàirt de choimhearsnachdan a chaidh a chruthachadh tro fheartan, chreideas agus eòlasan coitcheann eile. Tha seo a’ toirt a-steach ceanglaichean air-loidhne, le daoine a’ faireachdainn mar phàirt de ghrunn bhuidhnean coimhearsnachd.

Leanaidh sinn oirnn a’ leasachadh nan seirbheisean a bheir sinn seachad mar a bhios an comann-sòisealta ag atharrachadh. Bidh sinn ag obair còmhla ris na coimhearsnachdan a tha sinn a’ frithealadh, a’ tarraing air eòlas agus cleachdadh gus ar n-obair fhiosrachadh.

Daingnichidh sinn ruigsinneachd agus in-ghabhalachd ann an dealbhadh na seirbheis againn. Thèid inbhean ruigsinneachd a chleachdadh air feadh ar teicneòlais, pròiseasan agus siostaman, air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh.

Feumaidh an luchd-obrach againn a bhith a’ riochdachadh ar coimhearsnachdan uile. Às dèidh iomairtean fastaidh am measg shluaghan gun riochdachadh iomchaidh, tha an luchd-obrach againn a’ sìor fhàs eadar-mheasgte. Feumaidh sinn, ge-tà, barrachd a dhèanamh gus na tagraichean as fheàrr a thàladh gu obair phoilis mar fhastaiche adhartach agus in-ghabhalach.

Buil 3

Tha am poball, coimhearsnachdan agus com-pàirtichean a' dol an sàs agus a' gabhail pàirt ann an obair phoilis agus tha earbsa aca ann

Dùbhlain is cothroman

Tha am prionnsapal de obair phoilis le cead a' phobail bunaitheach do shuidheachadh sòisealta na h-Alba. Bidh adhartasan ann an teicneòlas a' cruthachadh chothroman airson modhan conaltraidh agus freagairt ùra. Feumaidh leasachaidhean ann an teicneòlas san àm ri teachd conaltradh leantainneach a dhèanamh leis a' phoball mu mar as urrainn dhaibh an cothromachadh ceart fhaighinn eadar prìobhaideachd agus dìon.

Tha Poileas Alba a' tuigsinn nàdar eadar-mheasgte nan coimhearsnachdan a tha e a' frithealadh. Feumaidh na poilis a bhith ruigsinneach aig amannan feuma, fhad 's a tha iad ag obair le com-pàirtichean gus aontachadh nuair nach e Poileas Alba a' bhuidheann as freagarraiche airson freagairt.

Dùbhlain an latha an-diugh

Obair phoilis san àm ri teachd



Atharrachaidhean sa chomann-shòisealta agus teicneòlasan ùra a' cur cothromachadh eadar prìobhaideachd is dìon fo dheuchainn

Tha earbsa fhathast aig a' phoball, com-pàirtichean agus coimhearsnachdan ann an seirbheis Poileas Alba



Chan eil seirbheisean an-còmhnaidh ruigsinneach agus chan eil iad làn cho-fhillte le com-pàirtichean. Tha leasachadh didseatach na chunnart agus na chothrom do libhrigeadh seirbheis

Tha sàbhailteachd is sunnd gan cur am meud tro sheirbheisean leantailteach, aig a bheil comas didseatach



Chan eil coimhearsnachdan an-còmhnaidh a' faighinn na taic cheart bhon bhuidhinn as freagarraich

Ag obair le daoine eile gus taic a thoirt do na coimhearsnachdan a bhios sinn a' frithealadh

Gus a' bhuil seo a choileanadh, bidh Poileas Alba:

1. A' freumhachadh nan cùisean beusalachd agus prìobhaideachd a tha riatanach ann an obair phoilis agus dìon anns gach taobh den t-seirbheis
2. A' dìon a' phobaill agus ag adhartachadh sunnd air feadh na h-Alba le bhith a' toirt seachad seirbheisean a tha buntainneach, ruigsinneach agus èifeachdach
3. Ag obair còmhla ri buidhnean ionadail agus buidhnean poblach, prìobhaideach agus treas roinn gus taic a thoirt do ar coimhearsnachdan

1. Freumhaichidh sinn cùisean beusalachd agus prìobhaideachd a tha riatanach ann an obair phoilis agus dìon anns gach taobh den t-seirbheis

Tha eachdraidh fhada agus pròiseil aig an t-seirbheis phoilis ann an Alba, stèidhichte air a' phrionnsapal bunaiteach gum bi sinn ag obair le cead nan daoine. Tha dligheachd agus creideas deatamach ann an èifeachdas a' phoilis. Tha na luachan againn aig cridhe a h-uile rud a nì sinn, le cùisean beusalachd agus prìobhaideachd air leth cudromach don t-seirbheis a tha sinn a' libhrigeadh.

Feumaidh sinn obair gu h-èifeachdach gus na daoine as so-leònte sa chomann-shòisealta againn a dhìon. Feumaidh cothromachadh a bhith ann eadar na h-innealan ceart a bhith againn airson an obair a dhèanamh agus dèanamh cinnteach gu bheil ar cleachdadh de theicneòlas beusach agus co-rèireach. Mar a bhios sinn a' gabhail ri teicneòlasan ùra gus daoine a chumail sàbhailte ann an saoghal didseatach, nì sinn ath-sgrùdadh leantainneach air a' chothromachadh seo.

Thèid teicneòlasan ùra agus na cothroman a bheir iad seachad gus èifeachdas a' phoilis a neartachadh a chur an sàs ann an co-chomhairleachadh le ar daoine agus leis a' mhòrshluagh. Bidh tar-shealladh beusach againn a tha làidir agus cunbhalach, a tha fosgailte do sgrùdadh agus a chumas earbsa a' phobaill.

Tha misneachd a' phobaill ann an obair a' phoilis a' toirt buaidh air cho sàbhailte 's a tha daoine a' faireachdainn. Tha e cuideachd na phrìomh chomharradh de choileanadh iomlan Poileas Alba. Bu chòir do na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh a bhith a' faireachdainn misneachail gum bi sinn an-còmhnaidh ag obair ann an dòigh a tha gu tur air a neartachadh le ar luachan de chothromachd, treibhdhìreas, spèis agus còraichean daonna.

2. Bidh sinn a' dìon a' phobaill agus ag adhartachadh sunnd air feadh na h-Alba le bhith a' libhrigeadh sheirbheisean a tha buntainneach, ruigsinneach agus èifeachdach

Tha sàbhailteachd agus sunnd nan daoine a tha sinn a' frithealadh air a chur am meud le bhith a' libhrigeadh sheirbheisean a tha ag obair gu h-èifeachdach. Èistidh sinn ri feumalachdan caochlaideach choimhearsnachdan eadar-mheasgte agus feuchaidh sinn rin tuigsinn, agus feuchaidh sinn rin tuigsinn, le proifeiseantachd agus co-fhaireachdainn anns an eadar-obrachadh againn. Cuidichidh na h-inbhean agus na prionnsapalan conaltraidh againn le bhith a' daingneachadh càileachd agus cunbhalachd nar sheirbheisean, a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' riaghladh agus a' coinneachadh ri dùilean a' phobaill.

Tha buileachadh a' Mhodail Measadh Conaltraidh air leasachadh a thoirt air an dòigh 's a bheil sinn a' prìomhachasadh agus a' dèiligeadh ri fios bhon phoball. Bidh am modail seo a' cleachdadh measadh leasaichte agus pròiseas dèanamh cho-dhùnaidhean leasaichte a thaobh bagairt, cunnart agus cron. Leanaidh sinn oirnn a' leasachadh eòlas agus builean don phoball, agus aig an aon àm a' toirt cumhachd agus comas don luchd-obrach againn gus na co-dhùnaidhean ceart a dhèanamh agus an fhreagairt poilis as iomchaidh agus co-rèireach a thoirt seachad.

Cuiridh sinn taic ri obair phoilis le ceangalachd ar ICT, dàta agus conaltradh, cothrom air eòlas agus sgaoileadh deagh chleachdaidh. Leasaichidh sinn mar a bhios sinn a' riaghladh conaltradh poblach agus eòlas luchd-cleachdaidh bho cheann gu ceann. Cruthaichidh seo eòlas poblach ruigsinneach agus leantaileach le sheirbheisean in-ghabhalach. Leudaichidh e na roghainnean didseatach agus air-loidhne againn gu mòr. Is e ar n-amas a bhith ga fhaighinn ceart a' chiad turas, a' toirt seirbheis nas fheàrr don phoball agus ag obair nas èifeachdaiche mar sheirbheis poilis an latha an-diugh.

3. **Obraichidh sinn le buidhnean ionadail agus buidhnean poblach, prìobhaideach agus treas roinn gus taic a thoirt do na coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh**

Bidh conaltradh le daoine a' neartachadh buntainneachd, freagairteachd agus cunntachalachd agus a' togail earbsa. Bidh e gar cuideachadh ag ionnsachadh mu dhaoine agus a' cruthachadh sheirbheisean a choinnicheas ris na feumalachdan aca. Nì sinn leasachadh agus ath-chuimseachadh air ar gnìomhan conaltraidh far nach eil iad a' ruighinn choimhearsnachdan eadar-mheasgte agus nach eil iad a' riochdachadh a' chomainn-shòisealta a tha sinn a' frithealadh.

Tha an seòrsa iarrrtais a bhios air oifigearan bho latha gu latha air atharrachadh. Tha ar pròifil iarrrtais air àrdachadh 24% fhaicinn ann an gairmean 'dragh airson duine' thar an dà bhliadhna a dh'fhalbh, le àireamh mhòr de ghairmean co-cheangailte ri bhith a' toirt taic don fheadhainn a tha ann an èiginn mar thoradh air so-leòntachd no droch shlàinte inntinn. Obraichidh sinn le com-pàirtichean gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine an fhreagairt cheart, aig an àm cheart, bhon t-seirbheis as iomchaidh. Gus seo a dhèanamh gu h-èifeachdach, feumaidh sinn a bhith ag obair le ar coimhearsnachdan gus faighinn a-mach càite agus ciamar a choileanar na feumalachdan aca, agus mar as urrainn don t-seirbheis againn atharrachadh.

Bidh oifigearan agus luchd-obrach an-còmhnaidh a' freagairt dhaoine a tha ann an èiginn, ach bheir Poileas Alba taic do sheirbheisean poblach eile agus obraichidh iad gus barrachd tuigse choitcheann a stèidheachadh mu na dreuchdan agus na crìochan aca. Gluaisidh sinn gu modail aig a bheil paramadairean soilleir agus tar-ghluasad èifeachdach eadar com-pàirtichean. Is e amas Poileas Alba gum faigh daoine an fhreagairt cheart a choinnicheas ris na feumalachdan aca a bhon bhuidhinn as iomchaidh.

Leanaidh sinn oirnn a' togail air an dàimh làidir cho-obrachail againn le Poileas Còmhaidh Bhreatainn gus libhrigeadh seirbheis a leasachadh air feadh ar coimhearsnachdan.

Mar a bhios na h-oifigearan agus an luchd-obrach againn a' sìor dhol an sàs le coimhearsnachdan a tha a' sìor fhàs nas eadar-mheasgte feumar barrachd eòlais a thoirt dhaibh mu dhiofar chultaran, chreideamhan agus chinnidhean gus na feumalachdan aca a thuigsinn nas fheàrr.

Le bhith a' cruthachadh Acadamaidh Leasachaidh Eadar-nàiseanta aig Colaiste Poilis na h-Alba bidh sinn a' roinn ar n-eòlais, ar tuigse air a' chleachdadh as fheàrr agus na prìomh luachan poilis againn a thaobh luach, cothromachd, treibhdhìreas agus còraichean daonna. Le bhith ag obair ann an com-pàirteachas le com-pàirtichean poilis agus buidhnean co-èigneachadh lagha air feadh na cruinne cuiridh sinn ri tèarainteachd agus obair phoilis agus aig an aon àm bidh sinn a' dìon ar coimhearsnachdan fhèin.

Buil 4

Tha na daoine againn a' faighinn taic tro àrainneachd obrach mhisneachail, a' toirt cothrom dhaibh frithealadh don phoball

Dùbhlain is cothroman

Tha sàbhailteachd agus sunnd oifigearan agus luchd-obrach aig cridhe dealas Poileas Alba. Tha na daoine againn airson atharrachadh leantainneach a libhrigeadh airson na builean as fheàrr a choileanadh. Gus sin a dhèanamh, feumaidh an t-seirbheis taic làidir a thoirt do na h-uile gus na sgilean, an t-eòlas agus an teicneòlas a tha riatanach gus obair gu sàbhailte agus gu h-èifeachdach ann an saoghal a tha ag atharrachadh.

Dùbhlain an latha an-diugh



Tha eucoir ag atharrachadh is tha sgrùdadh is uallach air a' phoileas a' dol am meud. Tha ionnsaighean air oifigearan air dol an-àirde



Tha sinn a' cumail oirnn ag atharrachadh mar sheirbheis agus ag obair air dòighean gus ar daoine a leasachadh airson an làn chomas a thoirt gu buil



Tha an cultar buidhne a tha sinn a' toirt air adhart a' nochdadh bunait na feachd o shean agus ag obair a dh'ionnsaigh leasachadh na h-uile

Obair phoilis san àm ri teachd

Tha sunnd cudromach ann am buidheann far a bheil a h-uile duine sàbhailte, air an deagh uidheamachadh is air an deagh dhìon

Tha na daoine againn nan ceannardan misneachail a tha a' faireachdainn gu bheil iad a' faighinn taic, gu bheil iad air an dìon agus gu bheil luach ga chur annta

Tha ar daoine uile ag aithneachadh is a' nochdadh luachan Poileas Alba agus tha faireachdainn làidir buntainneis aca

Gus a' bhuil seo a choileanadh, bidh Poileas Alba:

1. A' cur prìomhachas air sunnd agus a' cumail ar daoine sàbhailte, air an deagh uidheamachadh agus air an dìon
2. A' toirt taic do na daoine againn a bhith nan ceannardan misneachail, nan com-pàirtichean agus nan luchd-buaidh innleachdail, gnìomhach
3. A' cur taic ris na daoine againn gus luachan Poileas Alba aithneachadh agus a nochdadh agus mothachadh làidir a bhith aca mu bhuinteanas

1. Cuiridh sinn prìomhachas air sunnd agus cumaidh sinn na daoine againn sàbhailte, air an deagh uidheamachadh agus air an dìon

Cha robh na dùbhlain fa chomhair obair a' Phoilis a-riamh na bu mhotha. Ged a tha mòran eucoir ag atharrachadh a rèir atharrachadh sòisealta nas fharsainge, tha taobhan eile a' fuireach mar a tha iad, ach le barrachd sgrùdaidh is cuideam.

Tha na daoine againn air a bhith a' fulang àrdachadh o chionn ghoirid ann an ionnsaighean fòirneartach fhad 's a tha iad a' coileanadh an dleastanasan. Ionnsaichidh sinn bho gach aon de na suidheachaidhean sin agus nì sinn cinnteach gu bheil an trèanadh agus an uidheamachd cheart aig luchd-obrach gus dèiligeadh gu sàbhailte ris a h-uile tachartas a bhios iad a' frithealadh.

Cha bu chòir sùileachadh ri ionnsaigh fhòirneartach no droch dhiol mar phàirt de bhith ag obair sa phoileas agus cha tèid gabhail ris ann an dòigh sam bith. Leanaidh sinn oirnn a' dùileachadh gheallaidhean bhon t-siostam Ceartas Eucorach gun tèid dèiligeadh gu làidir ri ionnsaighean air oifigearan agus luchd-obrach.

Tha sunnd faireachdainn ar daoine a cheart cho cudromach ri an sunnd corporra. Tha sinn airson gum bi na daoine againn a' faireachdainn taic agus cumhachd gus cuideachadh a shireadh bho cho-obraichean agus seirbheisean taice ge bith dè an suidheachadh. Tha raon de thaic ri fhaighinn leis na h-oifigearan agus an luchd-obrach againn. Nì sinn cinnteach gum bi na sianalan taic sin ruigsinneach agus rim faighinn leis a h-uile duine nan àm èiginn.

Cruthaichidh sinn an àrainneachd cheart airson ar luchd-obrach a bhith comasach air obrachadh gu h-èifeachdach. Tha seo a' toirt a-steach cothrom air gach neach-obrach air deagh chàileachd, ceannardas ionadail, taic riaghlaidh agus raon farsaing de sheirbheisean gus an cuideachadh, bho mothachadh slàinte inntinn fa leth gu ionmhas pearsanta. Bheir sinn seachad trèanadh coileanta, carbadan, teicneòlas, taic agus uidheamachd gus an urrainn don luchd-obrach againn an dleastanasan a choileanadh gu sàbhailte agus gu h-èifeachdach.

2. Cuiridh sinn taic ris na daoine againn a bhith nan ceannardan misneachail, nan com-pàirtichean agus nan luchd-buaidh innleachdail, gnìomhach

Bidh na daoine againn ag obair ann an àrainneachdan grad-ghluasadach làn uallaich, far am feum iad ceannardas a nochdadh. Feumaidh sinn an uidheamachadh gus co-dhùnaidhean a ruigsinn, a' dèanamh cinnteach gu bheil earbsa annta agus cumhachd aca sin a choileanadh.

Leudaichidh sinn air an t-solar trèanaidh againn gus an t-eòlas agus na sgilean a thoirt do ar daoine gus obair phoilis èifeachdach a libhrigeadh ann an saoghal a tha ag atharrachadh.

Gus sùbailteachd a leasachadh, coinneachadh ri iarrtasan a tha a' sìor atharrachadh agus foghainteachd taobh a-staigh a thogail, bheir sinn cothroman do na daoine againn sgilean ùra fhaighinn, ath-thrèanadh agus iomadachadh fad am beatha le Poileas Alba. Bheir sinn cothroman dhaibh a bhith a' leasachadh san dreuchd a th' aca an-dràsta no a bhith a' sireadh tuilleadh leasachaidh a dh'ionnsaigh dhreuchdan ùra no adhartachadh dreuchd.

Bu chòir do na daoine againn a bhith misneachail gu bheil taic na buidhne aca ann a bhith a' coileanadh an dleastanasan nuair a bhios iad ag obair le deagh rùn gus an rud ceart a dhèanamh, gu tric ann an suidheachaidhean dùbhlach.

Bidh structar riaghlaidh traidiseanta fhathast na riatanas de sheirbheis poilis èifeachdach. Ach, mar a bhios sinn ag atharrachadh a rèir saoghal a tha ag atharrachadh, bidh sinn cuideachd a' stèidheachadh cultar adhartach a bheir taic do innleachdas agus a bheir cothroman don h-uile duine againn com-pàirteachadh agus na sgilean ceannais aca a leasachadh. Brosnaichidh sinn cultar de in-ghabhalachd, far a bheil luach air eugsamhlachd eachdraidh agus seallaidh.

3. Cuir taic ris na daoine againn gus luachan Poileas Alba aithneachadh agus a nochdadh agus mothachadh làidir a bhith aca mu bhuinteanas

Leanaidh sinn oirnn a' togail air an iomadh soirbheachas a chaidh a choileanadh bho chaidh Poileas Alba a chruthachadh ann an 2013, gu sònraichte a thaobh a bhith a' daingneachadh ar luachan mu chothromachd, treibhdhireas, spèis agus còraichean daonna anns gach rud a nì sinn.

Tha am measgachadh luchd-obrach a th' ann an-dràsta ann am Poileas Alba a' nochdadh measgachadh de eòlas luachmhor fad-ùine fon t-seann eagrachadh agus eòlas na seirbheis shingilte o chionn ghoirid.

Gus cultar làidir a leasachadh feumaidh sinn dualchas a chur còmhla ri eòlas agus smaoineachadh ùr, a' toirt nam beachdan as fheàrr bho air feadh na dùthcha agus nas fhaide air falbh agus gan cur an sàs air feadh na seirbheis.

Gus taic a thoirt do leasachadh cultar eagrachail làidir, cuiridh Poileas Alba ar Frèam-obrach Comais is Luachan an gnìomh. Leigidh seo leinn ar giùlan agus ar creideas a theagasg, a choimhead agus a thomhas, agus bheir e tuigse dhuinn airson leasachadh leantainneach.

Tha ar Ro-innleachd Daoine agus Frèam-obrach Ceannardais a' mineachadh nan sgilean agus an eòlais a tha riatanach gus coileanadh gu h-èifeachdach air feadh na buidhne. Bheir sinn taic don luchd-obrach againn gus na comasan sin a leasachadh tro mheasgachadh de dh'eòlas agus trèanadh, a rèir ar dealais gus cothroman leasachaidh dreuchd nas fharsainge a thoirt seachad.

Buil 5

Tha Poileas Alba seasmhach, sùbailte agus ullaichte airson dùbhlain san àm ri teachd

Dùbhlain is cothroman

Feumaidh obair phoilis cumail a' tighinn air adhart. Tha atharrachaidhean leantainneach poilitigeach, eaconamach agus sòisealta a' toirt air seirbheis a' phoilis gabhail ri dùbhlain san àm ri teachd agus dèiligeadh riutha agus na buannachdan as motha fhaighinn bho chothroman san àm ri teachd. Gabhaidh Poileas Alba a-steach ùr-ghnàthachadh, a' toirt dùbhlain dhuinn fhìn agus do chom-pàirtichean a bhith a' co-obrachadh agus ag obair gu seasmhach. Le bhith ag atharrachadh sheirbheisean obrachaidh is taice nì sinn làn fheum de ar so-mhaoin agus cuidichidh e le bhith a' lìbhrigeadh an luach as fheàrr.

Dùbhlain an latha an-diugh



Chan eil cothrom gu leòr aig luchd-obrach a bhith a' moladh leasachadh. Dìth shiostaman co-fhillteachd, ag adhbharachadh neo-èifeachd is dùbhlachadh saothrach



Comas a bhith ag obair gu seasmhach air a chuingealachadh. Tha sinn a' cumail an-àirde oighreachd mhòr, aosta agus an cabhlach solais ghluim as motha ann an Alba.



Structaran riaghlaidh toinnte a' bacadh dòighean co-dhùnaidh gnìomhach, freagairt èifeachdach agus lìbhrigeadh leasachaidh

Obair phoilis san àm ri teachd

Tha sinn a' gabhail ri beachdan ùra, innleachdas is teicneòlasan, ag ionnsachadh bhon chleachdadh as fheàrr

Is e seasmhachd àrainneachdail an àbhaist anns gach pàirt den bhuidhinn againn

Nì sinn cinnteach gu bheil an structar agus riaghladh ceart againn agus gu bheil sinn a' dèanamh nan co-dhùnaidhean ceart gus an luach as fheàrr a lìbhrigeadh thar na seirbheis

Gus a' bhuil seo a choileanadh, bidh Poileas Alba:

1. A' cleachdadh dhòighean innleachdach gus ar comas airson libhrigeadh seirbheis èifeachdach a luathachadh
2. A' gealltainn deagh bhuidh a thoirt gu buil tro sheasmhachd àrainneachdail air leth
3. A' cur taic ri obair phoilis tro na h-innealan didseatach iomchaidh agus libhrigeadh an luach as fheàrr

1. Cleachdaidh sinn dòighean innleachdach gus ar comas airson libhrigeadh seirbheis èifeachdach a luathachadh

Tha an suidheachadh sòisealta, poilitigeach agus eaconamach a th' ann an-dràsta a' ciallachadh gum feum sinn ar seirbheisean atharrachadh gus leantainn oirnn a' cumail a h-uile coimhearsnachd ann an Alba sàbhailte.

Leanaidh sinn oirnn a' brosnachadh ar daoine gus dùbhlann a thoirt don status quo, ag aithneachadh nuair a tha iad a' moladh dhòighean nas fheàrr agus nas èifeachdaiche air rudan a dhèanamh. Brosnaichidh sinn for-ghnìomhachd agus fuasgladh cheistean.

Obraichidh sinn ann an com-pàirteachas le buidhnean poblach, prìobhaideach agus treas roinn eile gus cothroman agus bagairtean a chomharrachadh, còmhla a' sireadh fhuasglaidhean innleachdach. Feumaidh seo dòigh-obrach cho-obrachail agus tè a nì cinnteach gu bheil dàta agus fiosrachadh air an roinn taobh a-staigh crìochan an reachdais agus inbhean prìobhaideachd agus beusanta aontaichte.

Leanaidh sinn oirnn a' stiùireadh agus a' toirt taic do leasachadh air feadh Poileas Alba. Bidh seo a' toirt a-steach teicneòlas a chleachdadh anns na h-àiteachan ceart gus atharrachadh mar a thèid rudan a dhèanamh, a' cruthachadh fhuasglaidhean nas fheàrr airson an ama ri teachd. Bidh na daoine againn sùbailte agus sgiobalta, leis a' chomas, na sgilean agus na h-innealan a tha riatanach gus taic a thoirt do innleachdas.

2. Geallaidh sinn deagh bhuidh a thoirt gu buil tro sheasmhachd àrainneachdail air leth

Feumaidh sinn obrachadh gus buaidh ar gnìomhachd, ar n-oighreachd agus ar cabhlach air an àrainneachd a lùghdachadh. Cuiridh Poileas Alba gu mòr ri targaid 2040 carbon neodrach Riaghaltas na h-Alba agus targaid sgaoilidhean gas teasachaidh neodrach 2045. Brosnaichidh sinn ar com-pàirtichean gus an aon rud a dhèanamh agus bidh sinn ag òrdachadh gun dèan ar solaraichean sin cuideachd.

Tha na dòighean-obrach againn a thaobh cabhlach agus oighreachd nan ceum adhartach a dh'ionnsaigh seasmhachd àrainneachdail. Is e ar n-amas gur e an cabhlach againne a' chiad fhear, agus am fear as motha, san roinn phoblach san RA ag obair gu h-iomlan le carbadan sgaoilidhean fìor-ìosal.

Le bhith a' dì-carbonachadh ar cabhlaich, tha sinn a' nochdadh ar dealais gus ar làrach carboin a lùghdachadh agus aig an aon àm a' dèanamh cinnteach gu bheil carbadan sàbhailte, ùr-nodha agus iomchaidh againn. Nì sinn cinnteach gum bi seasmhachd àrainneachdail air a thoirt a-steach do dhealbhadh nan togalaichean ùra againn agus nì sinn tasgadh san oighreachd a th' againn an-dràsta gus Poileas Alba a dhèanamh na àite ùr-nodha agus èifeachdach airson ar daoine a bhith ag obair. Bidh sinn a' co-shuidheachadh le com-pàirtichean seirbheis phoblaich ann an goireasan co-roinnte uair sam bith a bhios cothrom ann, gus obair com-pàirteachais a bhrosnachadh agus na làraich chorporra is carboin iomlan againn a lùghdachadh. Leanaidh sinn oirnn a' stiùireadh ar prògram èifeachdas lùtha agus a' brosnachadh agus a' toirt taic do ar daoine a bhith ag obair ann an dòigh a tha a' daingneachadh seasmhachd àrainneachdail.

3. Cuiridh sinn taic ri obair phoilis tro na h-innealan didseatach iomchaidh agus libhrigeadh an luach as fheàrr

A' toirt taic don Phlana Poilis Ro-innleachdail seo tha grunn ro-innleachdan agus planaichean againn a tha a' mineachadh mar a dh'atharraicheas sinn prìomh raointean leithid ICT, oighreachdan agus cabhlach. Tha e deatamach gum bi sinn a' beachdachadh agus a' dealbhadh airson mar a thèid iad sin a libhrigeadh còmhla.

Gus obair phoilis a libhrigeadh gu soirbheachail, feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil na seirbheisean taice againn air an eagrachadh gus a bhith cho èifeachdach, tarbhach agus sùbailte 's a ghabhas. Feumaidh seirbheisean taic a bhith air an uidheamachadh leis an teicneòlas iomchaidh agus feumaidh ruigsinneachd a bhith aca air fuasglaidhean dàta agus didseatach gus coileanadh gu h-èifeachdach. Mar sin nì sinn tasgadh anns a' bhun-structar cheart san raon seo.

Cleachdaidh sinn fiosrachadh riaghlaidh mu choileanadh agus iarrtas, còmhla ri eòlas agus anailisean ro-innse gus na co-dhùnaidhean ro-innleachdail agus innleachdach as fheàrr a dhèanamh. Cumaidh sinn sùil air a' mhodal obrachaidh againn, agus atharraichidh sinn nuair a bhios sinn a' comharrachadh dhòighean-obrach ùra no eile. Cuiridh sinn airgead an sàs ann an cleachdadh dàta, didseatachd, anailis agus fiosrachadh.

Tha Poileas Alba làn dhealasach an luach as fheàrr a nochdadh. Ach, tha ar suidheachadh ionmhasail, gach cuid calpa agus teachd-a-steach, fo uallach. Thèid co-dhùnaidhean sam bith a thaobh tasgadh no èifeachdas a dhèanamh gu ciallach, gun a bhith a' bualadh air riathanasan obrachaidh.

Tha pàirt aig gach neach ann a bhith a' leasachadh seasmhachd ionmhais, a' dèanamh feum èifeachdach de ghoireasan agus a' cur às do ana-caitheamh gus an luach as fheàrr a libhrigeadh. Bidh solarachadh agus iarrtas airson bathar agus seirbheisean fhathast fo sgrùdadh, a' dèanamh cinnteach gu bheil goireasan air an cleachdadh anns an dòigh as èifeachdaiche a ghabhas dèanamh gus coinneachadh ris an fheum as motha.

A' libhrigeadh atharrachadh

Tha am Plana Poilis Ro-innleachdail seo a' suidheachadh stiùir agus raon-gnìomha airson obair phoilis ann an Alba. Bidh e a' stiùireadh mar a thèid goireasan a riarachadh gus coinneachadh ri riatanasan a' phobaill agus nan coimhearsnachdan a thaobh sàbhailteachd agus dìon.

Tha frèam-obrach dealbhaidh ro-innleachdail is coileanadh Poileas Alba a' dèanamh cinnteach gu bheil Plana Ro-innleachdail a' Phoilis a' faighinn taic bho ro-innleachdan comasachaidh agus planaichean gnìomha, a' toirt a-steach plana libhrigidh trì-bliadhna agus Plana Poilis Bliadhnail co-thaobhach. Tha Poileas Alba air Modail Obrachaidh Targaid a leasachadh, a tha a' mìneachadh an leasachadh eagrachaidh a dh'fheumar gus am Plana Poilis Ro-innleachdail a libhrigeadh gu h-èifeachdach.

Tha Gnìomhachd Atharrachaidh stèidhichte aig Poileas Alba a tha an urra ri bhith a' stiùireadh libhrigeadh phrògraman agus phròiseactan cruth-atharrachail. Tha seo a' toirt a-steach riaghladh phrògraman is phròiseactan, a' cumail smachd air eadar-eisimeileachd agus cunnartan, a' cumail sùil air coileanadh bhuannachdan, agus ag obair le co-obraichean air feadh na seirbheis gus buaidh atharrachaidh a riaghladh.

Tha ath-sgrùdadh cunbhalach ga dhèanamh air libhrigeadh ro-innleachd 2017, Ann an Seirbheis Alba a tha ag Atharrachadh. Tha taisbeanadh adhartais agus buaidh air fhisge a-steach an dà chuid ann an aithris ionmhasail is tarbhachd cho math ris an fhrèam-obrach coileanadh iomlan, a tha air aithris do Ùghdarras Poilis na h-Alba agus don Àrd-chonstabal mar phàirt den chuairt aithris fhoirmeil.

Bidh Poileas Alba a' cumail sùil air a' bhuaidh a tha aig cruth-atharrachadh air ar daoine agus ar seirbheisean tro aithris agus ath-mheasadh air adhartas aig coinneamhan Bòrd Atharrachaidh agus Prìomh Bhòrd Stiùiridh. Tha sgrùdadh, tar-shealladh, dùbhlán agus taic air a thoirt seachad le Ùghdarras Poilis na h-Alba tron structar riaghlaidh aig coinneamhan a' Bhùird agus na Comataidh agus le raon de dhòighean eile, leithid tar-shealladh sònraichte agus buidhnean obrach anns a bheil buill a' Bhùird agus luchd-taic.

A thuilleadh air pròiseasan foirmeil, tha cultar atharrachaidh air a bhrosnachadh air feadh Poileas Alba agus Ùghdarras Poilis na h-Alba. Tha sinn airson iomairt fhaicinn airson leasachadh leantainneach aig cridhe gach sgioba obrachaidh agus raon gnìomhachais, a' toirt cumhachd do na h-oifigearan agus an luchd-obrach gu lèir a bhith ùr-ghnàthach agus a' cur fòcas air leasachadh nan obair làitheil.

Toirt gu Buil

Tha bun-structar de phlanaichean a' toirt taic do libhrigeadh ar builean ro-innleachdail:

- Plana Buileachaidh 3-bliadhna air feadh na h-Alba, a' mineachadh nan gnìomhan agus nan ceumannan gus na builean ro-innleachdail a choileanadh agus coinneachadh ris na prìomh raointean a tha air an comharrachadh sa Mheasadh Ro-innleachdail.
- Plana Poilis Bliadhnail stèidhichte air builean, a' mineachadh gnìomhachd airson na bliadhna co-cheangailte ri builean ro-innleachdail.
- Planaichean Poilis Ionadail, a' mineachadh amasan ionadail gus taic a thoirt do bhuilean ro-innleachdail, a bheir aire do shuidheachadh ionadail agus rèiteachaidhean dealbhaidh coimhearsnachd.
- Planaichean mionaideach a rèir roinn, a' mineachadh nan gnìomhan a tha a dhìth gus na builean ro-innleachdail a choileanadh.

Plana Buileachaidh 3-bliadhna

Tha Poileas Alba a' leasachadh plana 3-bliadhna gus na builean a tha air am mìneachadh sa Phlana Poilis Ro-innleachdail seo a choileanadh. Bidh libhrigeadh soirbheachail an urra ri ìrean maoineachaidh iomchaidh.

Plana Bliadhnail a' Phoilis

Tha feum fo reachdas air Plana Poilis Bliadhnail Poileas Alba. Tha e air a chur fa chomhair na parlamaid sa Mhàrt gach bliadhna.

Tha Plana Bliadhnail a' Phoilis a rèir Plana Ro-innleachdail a' Phoilis. Tha e a' mìneachadh mion-fhiosrachadh air mar a bhios Poileas Alba ag obair agus a' cur ris na builean a tha air am mìneachadh ann am Plana Ro-innleachdail a' Phoilis.

Mar bhunait do Phlana Bliadhnail a' Phoilis tha raon de ro-innleachdan comasachaidh aig ìre raon gnìomhachais.

Tha libhrigeadh Sgioba Poilis Bliadhnail agus gnìomhachd cho-fhreagarrach air a stiùireadh le Sgioba Stiùiridh Poileas Alba. Tha aithris ga dhèanamh gu poblach air coileanadh do Ughdarras Poilis na h-Alba gach ràith, le structar timcheall air na còig builean a tha air am mìneachadh sa Phlana Poilis Ro-innleachdail seo.

Planaichean Poilis Ionadail

A thuilleadh air Plana Bliadhnail a' Phoilis, bidh Poileas Alba a' dèanamh Planaichean Poilis Ionadail, a rèir Plana Ro-innleachdail a' Phoilis. Tha susbaint agus nàdar Planaichean Poilis Ionadail air an co-dhùnadh le Ceannardan Sgìreil agus Roinneil ann an co-rèiteachadh le ùghdarrasan ionadail, a tha an urra ri cead a thoirt don Phlana Poilis Ionadail aca. Tha na planaichean sin a' toirt iomradh air prìomhachasan, amasan, builean agus ceumannan coileanaidh ionadail. Bidh iad a' ceangal ri rèiteachaidhean dealbhaidh coimhearsnachd nas fharsainge, le Planaichean Leasachaidh Bhuilean Ionadail air an toirt fa-near sa phròiseas leasachaidh.

Tha an sgrùdadh ionadail sin a' neartachadh agus a' cur ris an tar-shealladh nàiseanta air Poileas Alba a nì Ughdarras Poilis na h-Alba.

Riaghaltas na h-Alba
Builean Nàiseanta / Prìomhachasan Ro-innleachdail



 **POLICE SCOTLAND**
POILEAS ALBA

SPA/Poileas Alba
Builean Ro-innleachdail



Ro-innleachd Obair Phoilis Fhad-ùine
Alba shàbhailte, dhìonta agus fhoghainteach

Enabler Strategies



Planaichean Buileachaidh a' gabhail a-steach: Plana Sgioba-obrach Ro-innleachdail, Plana Poilis Bliadhnail, Plana Poilis Ionadail, Planaichean Leasachadh Bhùilean Ionadail, Planaichean Ionmhasail

A' tomhas adhartas agus a' measadh coileanadh

Bidh Poileas Alba a' toirt seachad aithisgean coileanaidh ràitheil gus ath-sgrùdadh agus tar-shealladh le Ùghdarras Poilis na h-Alba a chomasachadh. Tha aithisg coileanaidh bhliadhnail a' tomhas adhartas mu choinneamh bhuilean aontaichte air a thoirt don Àrd-chonstabal agus do Ùghdarras Poilis na h-Alba.

Tha na còig builean ro-innleachdail a' toirt teachdaireachd shoilleir don phoball agus luchd-ùidh air mar a thathar an dùil gun tig piseach air obair phoilis ann an Alba mar thoradh air a' Phlana Poilis Ro-innleachdail seo a bhuileachadh.

Is iad na builean a' bhunait air an tèid adhartas a thomhas mar phàirt de fhrèam-obrach coileanaidh a' Phoilis.

Tha measadh coileanaidh na phàirt riatanach de dhleastanasan reachdail Ùghdarras Poilis na h-Alba, a' gabhail a-steach ath-mheasadh air obair phoilis ann an Alba, a' brosnachadh agus a' toirt taic do leasachadh leantainneach agus a' cumail an Àrd-chonstabal cunntachail.

Aithris coileanaidh ràitheil gu Ùghdarras Poilis na h-Alba

Ann am frèam-obrach coileanaidh a' Phoilis tha ceumannan a chaidh aontachadh eadar an Ùghdarras agus Poileas Alba, agus tha siostam aithris phoblaich na chois. Airson gach fear de na ceumannan a chaidh aontachadh, tha suidheachadh bun-loidhne air a stèidheachadh aig a' chiad dol-a-mach, agus tha an slighe siubhail air aontachadh.

Bidh Poileas Alba ag aithris air adhartas mu choinneamh gach ceum den fhrèam-obrach gu Comataidh Coileanaidh Poilis an Ùghdarras airson beachdachadh sa chiad dol a-mach, agus gu coinneamh Bòrd an Ùghdarras airson làn ath-mheasadh gach ràith.

Ath-mheasadh Bliadhnail Ùghdarras Poilis na h-Alba air Obair Phoilis

Feumaidh an t-Ùghdarras measadh agus aithris a dhèanamh air coileanadh air feadh an t-siostam Poilis gach bliadhna. Gach bliadhna ionmhais, bidh an t-Ùghdarras a' dèanamh Aithisg Bhliadhnail a thèid a chur air beulaibh na Pàrlamaid. Tha leasachadh a' mheasadh coileanaidh air a stiùireadh le Comataidh Coileanaidh Poilis an Ùghdarras.

Tha dà phrìomh eileamaid anns a' mheasadh coileanaidh bhliadhnail:

(1) measadh an Ùghdarras air coileanadh Poileas Alba ann a bhith a' buileachadh nan rèiteachaidhean a tha air am mìneachadh ann am Plana Bliadhnail a' Phoilis; agus

(2) measadh an Ùghdarras air Seirbheisean Poilis Alba agus Seirbheisean Foireansach SPA, ann a bhith a' coileanadh bhuilean anns a' Phlana Poilis Ro-innleachdail agus an Ro-innleachd Foireansach, a bharrachd air measadh air Coileanadh Corporra an SPA an aghaidh Plana Corporra an SPA.

Bidh Ùghdarras Poilis na h-Alba a' tarraing air raon de dh'fhiosrachadh agus dàta a tha ri fhaighinn leis a' phoball gus an Aithisg Bhliadhnail aca a thoirt gu buil, a' toirt a-steach stuthan a tha sna h-aithisgean coileanaidh ràitheil a bheir Poileas Alba agus Seirbheisean Foireansach seachad sa bhliadhna aithris. Ann a bhith a' cur ri chèile an sealladh farsaing seo air Coileanadh an t-Siostam Poilis, bidh an t-Ùghdarras cuideachd a' cur fios air gach ùghdarras ionadail ann an Alba, Luchd-sgrùdaidh Poilis a Mòrachd ann an Alba agus buidhnean com-pàirteachaidh eile airson am beachdan air buaidh obair a' Phoilis, gus raon farsaing de stòran dàta agus beachd a nochdadh.

Cearcall aithris

**Aithisg coileanaidh**





bhliadhnail gus adhartas a thomhas a rèir bhuilean ro-innleachdail don Àrd-chonstabal agus Ùghdarras Poilis na h-Alba.

Ath-mheasadh bliadhnail air Obair Phoilis a' toirt geàrr-chunntas air adhartas agus dùbhlain san àm ri teachd, air a thoirt a-mach le Ùghdarras Poilis na h-Alba.

Aithisg coileanaidh

ràitheil a' tomhas adhartas mu choinneamh bhuilean ro-innleachdail agus gnìomhachd sa Phlana Buileachaidh Ro-innleachdail 3-bliadhna agus Plana Bliadhnail a' Phoilis 2020/21, air a thoirt a-mach le Poileas Alba agus ag aithris don Àrd-chonstabal agus Ùghdarras Poilis na h-Alba.

Tha tar-shealladh agus sgrùdadh air obair phoilis ann an Alba an urra ri grunn bhuidhnean le diofar dhleastanasan. Tha na prìomh bhuidhnean le geàrr-chunntas air na prìomh dhleastanasan aca air am mìneachadh an seo. Chan eil an liosta seo iomlan; Tha Poileas Alba ag obair ann an àrainneachd ioma-fhillte de sgrùdadh agus cunntachalachd gus a' mhìsneachd a thoirt seachad a tha riatanach do obair phoilis èifeachdach.

Organisation	Responsibility
 <p>The Scottish Government Riaghaltas na h-Alba</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Ag ainmeachadh buill Ùghdarras Poilis • na h-Alba Ag aontachadh cur an dreuchd an Àrd-chonstabail • A' stèidheachadh bhuidseatan nàiseanta agus prìomhachasan • ro-innleachdail Cumhachd stiùiridh air an Ùghdarras
 <p>POILEAS NA H-ALBA AUTHORITY</p>	<ul style="list-style-type: none"> • A' cumail an-àirde na Seirbheis Poilis • A' cur air adhart prionnsapalan obair phoilis • A' cur air adhart is a' cur taic ri leasachadh leantail each ann an obair phoilis na h-Alba • A' cumail an Àrd-chonstabail cunntachail airson obair phoilis na h-Alba • A' toirt fiosrachadh do Mhinistearan na h-Alba mun Ùghdarras no an t-Seirbheis Poilis • Deasachadh a' Phlana Poilis Ro-innleachdail
 <p>The Scottish Parliament Pàrlamaid na h-Alba</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Fo-chomataidh Ceartais a' beachdachadh is ag aithris air cùisean a tha fo dhleastanas Rùnaire a' Chaibineit airson Ceartas • Fo-chomataidh Ceartais air obair phoilis a' beachdachadh is ag aithris air obrachadh an Achd Ath-leasachadh Poilis is Smàlaidh (Alba) 2012 mar a bhuineas e ri obair phoilis
 <p>HMICS</p>	<ul style="list-style-type: none"> • A' measadh staid, èifeachd agus tarbhachd Poileas Alba agus Ùghdarras Poilis na h-Alba • Faodar a stiùireadh le Ministearan na h-Alba • A' toirt comhairle is stiùireadh proifeiseanta air obair phoilis
<p>Ùghdarrasan Ionadail</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Ùghdarras Poilis na h-Alba a' dèanamh co-chomhairle leotha mun Phlana Poilis Ro-innleachdail • Ceannardan roinneil a' toirt feart do am beachdan nuair a tha iad a' deasachadh phlanaichean poilis ionadail • Riochdairean taghte a' sgrùdadh mar a bhios Poileas Alba a' lìbhrigeadh nam prìomhachasan aontaichte a tha anns a' phlana poilis ionadail aca

A' conaltradh rinn

Tha sinn airson cluinntinn bhuat

Tha conaltradh brioghmhor agus èifeachdach a' toirt a-steach fìor chòmhradh, spèis, treibhdhreas, follaiseachd agus cunntachalachd. Tha e a' toirt cothrom do dhaoine cumadh a thoirt air ar seirbheisean agus buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean a rinneadh. Bidh tuigse bho chonaltradh èifeachdach a' cuideachadh le bhith a' comharrachadh fhuasglaidhean practaigeach agus a' dearbhadh atharrachaidhean a dh'fheumar gus coinneachadh ri feumalachdan nan coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

Tha Ùghdarras Poilis na h-Alba agus Poileas Alba dealasach a thaobh leasachadh leantainneach anns gach rud a nì sinn. Ma tha rudeigin agad ri innse dhuinn mu Phlana Ro-innleachdail a' Phoilis no an t-seirbheis againn, cuir fios thugainn aig: <https://www.scotland.police.uk/contact-us>

Gheibhear seòlaidhean pùist nan Oifisean Poilis againn an seo: <https://www.scotland.police.uk/police-stations/>

Com-pàirteachadh poblach agus lèirsinn

Mar phàirt de leasachadh Plana Ro-innleachdail a' Phoilis, rinn sinn ùine de chom-pàirteachadh tràth ann an 2020 gus leigeil leis a' phoball agus ar com-pàirtichean beachdan a thoirt seachad a thaobh ar stiùireadh ro-innleachdail. Chaidh am fios-air-ais seo a chruinneachadh agus a chleachdadh gus an dreach deireannach den Phlana seo a dhèanamh.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu dheidhinn seo agus ar conaltradh nas fharsainge anns an ionad co-chomhairleachaidh is conaltraidh againn aig <https://consult.scotland.police.uk/>

Na meadhanan sòisealta

Tha grunn shianalan mheadhanan sòisealta gnìomhach aig Poileas Alba a bheir seachad raon fiosrachaidh agus tuigse mu obair a' Phoilis, gu nàiseanta agus anns an sgìre ionadail agad. Gheibhear làn liosta de na cunntasan mheadhanan sòisealta againn air an làrach-lìn againn. Gheibhear na prìomh shianalan nàiseanta againn aig:

Twitter: [@policescotland](https://twitter.com/policescotland)

Facebook: <https://www.facebook.com/PoliceScotland/>

Thoir fa-near nach eil sùil ga chumail air na sianalan mheadhanan sòisealta againn 24/7 agus cha bu chòir an cleachdadh gus eucoir innse. Cuir fòn gu 999 ann an cùis èiginn.

Com-pàirteachadh in-ghabhalach agus ruigsinneach

Bidh sinn ag amas air ruigsinneachd agus in-ghabhaltachd a fhreumhachadh anns na seirbheisean againn gus am bi iad ag obair airson a h-uile duine.

Rinneadh Measadh Buaidh Co-ionannachd is Chòirichean Daonna (EqHRIA) air a' Phlana Poilis Ro-innleachdail seo. Chaidh geàrr-chunntas den EqHRIA fhoillseachadh còmhla ris an sgrìobhainn seo air làrach-lìn Ùghdarras Poilis na h-Alba: <http://www.spa.police.uk/> agus làrach-lìn Poileas Alba: <http://www.scotland.police.uk/about-us/police-scotland/strategic-planning/>

Faodar am Plana Poilis Ro-innleachdail seo fhaighinn ann an grunn riochdan eadar-dhealaichte. Cuir fios thugainn air an fhoirm air-loidhne againn <https://www.scotland.police.uk/contact-us>

Faodaidh daoine le ciorraman buidhre agus claidneachd mhaol, no duilgheadasan bruidhne fios a chur thugainn air TextRelay air 1 800 1 101.

Seirbheis Mineachaidh Bhidio na h-Alba airson Cànan Soidhnidh Bhreatainn (VRS) – a' dèanamh conaltradh comasach leis a h-uile buidheann phoblach agus buidheann treas roinne ann an Alba.

Faodaidh luchd-cleachdaidh Cànan Soidhnidh Bhreatainn (BSL) fios a chur thuca gu dìreach aig <https://contactscotland-bsl.org>

